



SCOTTISH LAND COMMISSION
COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA

Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan

2021 – 2022



Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan 2021-2022

Air a cur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba, a rèir Earrann 20, Clàr 2,
paragraf C de dh'Àchd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016.

Dhan Fhìor Urramach Nicola Sturgeon, Prìomh Mhinistear an Rìgh

A Phrìomh Mhinisteir chòir

Tha sinn ga mheas mar urram a bhith a' cur fa ur comhair an
còigeamh Aithisg Bhliadhnail airson Coimisean Fearainn na h-Alba,
a' buntainn ris a' bhliadhna 2021-2022.

Leis as h-uile deagh dhùrachd



Andrew Thin, Cathraiche



Hamish Trench, Ceannard



SCOTTISH LAND COMMISSION
COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA

An Lòchran, 10 Làrach Inbhir Nis, Inbhir Nis, IV2 5NA

 info@landcommission.gov.scot  01463 423 300  www.landcommission.gov.scot

Clàr-innse

AITHISG COILEANAIDH 02

Lèirmheas de dh'obair Coimisean Fearainn na h-Alba ann an 2021-22, a' gabhail a-steach anailis den lìbhrigeadh is den choileanadh againn, agus an suidheachadh againn aig deireadh na bliadhna.

Tar-shealladh 02

Ro-ràdh 02

Cò sinne 03

Na tha sinn a' dèanamh 03

Ciamar a tha sinn ga dhèanamh? 04

Na prìomh chùisean is chunnartan a tha romhainn 07

Mion-sgrùdadh air coileanadh 08

Na choilean sinn 08

Coimiseanair Tuathanachas Màil 13

Suidheachadh Ionmhasail 15

A' bhuidheann againn 17

AITHISG CUNNTACHALACHD 20

Anns an aithisg seo, tha na prìomh aithrisean agus aithisgean a tha ga dhèanamh comasach gum faod Coimisean Fearainn na h-Alba riatanasan cunntachalachd a choileanadh agus gèilleadh ri deagh riaghladh corporra a dhearbhadh.

Aithisg air Riaghladh Corporra 20

Aithisg nan Stiùirichean 20

Aithisg air Uallaichean an Oifigeir Chunntachail 22

Aithris air Riaghladh 23

Aithisg air Tuarastalan is Luchd-obrach 31

Poileasaidh air Ìocadh 31

Aithisg air Luchd-obrach 36

Aithisg Cunntachalachd Phàrlamaideach 38

Aithisg an Luchd-sgrùdaidh Neo-eisimeilich 39

AITHRISÈAN IONMHASAIL 43

Aithris air Caiteachas Lom lomlan 43

Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail 44

Aithris air Sruthan Airgid 45

Aithris air Atharraichean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean 46

Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail 47

STIÙIREADH AIR CUNNTASAN 57

Tar-shealladh

Tha an aithisg coileanaidh na geàrr-chunntas air Coimisean Fearainn na h-Alba, ar n-adhbhar, ar n-amasan agus ar coileanadh thar na bliadhna agus cuideachd air buaidh agus stiùireadh nam prìomh chunnartan.

Ro-ràdh

Bhon Cheannard agus bhon Chathraiche aig Coimisean Fearainn na h-Alba

Bidh mar a tha sealbhadaireachd againn air fearainn na h-Alba agus mar a chleachdas sinn e na phrìomh fhactar ann a bhith a' cur aghaidh ri cuid de na dùbhlain poileasaidh poblach mòra ann an Alba. Tha e cudromach ann an ath-nuadhachadh eaconamach, ann a bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachd, a' toirt gu buil chòraichean daonna agus anns a' ghluasad cothromach gu cothromachadh-carboin. Bha seo na bhliadhna dhùbhlach dhuinn, a' freagairt air buaidhean air slàinte a' phobaill, air an eaconamaidh agus air sunnd mar thoradh air a' ghalar lèir-sgaoilte.

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba ag obair gus barrachd a dhèanamh de dh'fhearann na h-Alba le bhith a' brosnachadh smaoineachadh ùr agus atharrachadh air mar a tha fearann air a shealbhachadh agus air a chleachdadh, gus an tèid na buannachdan a cho-roinn nas fharsainghe.

Dh'fhoillsich sinn aithisgean agus molaidhean an-uiridh air prìomh raointean obrach a' gabhail a-steach dùmhachd sealbh fearainn agus solar fearainn taigheadais, a bharrachd air leasachadh leantainneach air an taic phractaigeach againn airson a bhith a' cur an gnìomh prionnsapalan chòraichean is dleastanasan fearainn na h-Alba. Thòisich fòcas mòr ùr air a' bhuidhean a bhios aig luach carboin agus luach calpa nàdarra a tha a' tighinn am bàrr aig fearann na h-Alba.

Tha na tha còraichean agus dleastanas fearainn na h-Alba agus leas a' phobaill a' ciallachadh gu practaigeach a' sìor fhàs nas soilleire mar thoradh air mar a tha luach a' fàs ann an talamh co-cheangailte ri carbon agus calpa nàdarra. Tha an cuspair seo na phrìomhachas airson obair a' Choimisein agus sinn a' gluasad air adhart gu 2022-23. Ann a bhith a' dèanamh eadar-ghluasad cothromach gu eaconamaidh le cothromachadh-carboin, tha a' cheist cò a gheibh buannachd agus ciamar aig cridhe na cùise. Tha sinn a' coimhead air dòighean gus dèanamh cinnteach gum bi luach a tha a' tighinn am bàrr no a dh'fhaodadh a bhith ann san àm ri teachd bho charbon agus calpa nàdarra na bhuanachd do choimhearsnachdan agus eaconamaidhean ionadail.

Tha an Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn na fhrèam cuideachail a tha a' cur air adhart na bhios a dhìth ma tha sinn gu bhith a' cruthachadh margaidh àrd-ionracas, agus air a stiùireadh le luachan ann an calpa nàdarra.

'S e àm cudromach a tha seo airson ath-leasachadh an fhearainn le Bile Ath-leasachadh an Fhearainn san amharc agus fòcas bhon Phàrlamaid air gluasadan mòra, a' gabhail a-steach eaconamaidh le cothromachadh-carboin, togail beairteas coimhearsnachd, còraichean daonna, agus taic àiteachais às dèidh Brexit. Tha mar a tha sealbhadaireachd againn air fearainn agus mar a chleachdas sinn e ro-chudromach ann a bhith a' libhrigeadh nan àrd-amasan seo. Thug an treas co-labhairt againn air ath-leasachadh fearainn, Land Connection 2021, a chaidh a chumail air-loidhne san Dàmhair 2021, eòlaichean còmhla gus coimhead air àite an fhearainn ann a bhith a' coileanadh cuid de àrd-amasan mòra na h-Alba. Le còrr air 1,400 duine an làthair, sheall e cho cudromach 's as urrainn fearann a bhith ann an soirbheachas na h-Alba.

Chomharraich an Coimisean a chòigeamh ceann-bliadhna am-bliadhna, agus tha seo na dheagh àm airson coimhead air ais air an adhartas a rinn sinn sa chòig bliadhna mu dheireadh. Tha a' bhuidheann air a thighinn air adhart gu mòr; agus sinn a' tighinn a-mach às a' ghalar lèir-sgaoilte tha sinn a' cur dòighean-obrach ùra agus nas sùbailte an sàs a' cruthachadh buidheann le sunnd an luchd-obrach aig a chridhe. Nas fharsainghe chì sinn cuideachd an t-adhartas mòr a rinneadh ann an dàimhean taobh a-staigh na roinne àiteachais màil agus na dòighean anns a bheil prionnsapalan còraichean is dleastanasan fearainn na h-Alba air am fighe a-steach barrachd is barrachd ann an cleachdadh. Chan ann a-mhàin mu atharrachadh reachdail a tha ath-leasachadh fearainn ach cuideachd mu atharrachadh cultair ann a bhith a' cruthachadh Alba far am faigh a h-uile duine buannachd à fearann na dùthcha.



Andrew Thin, Cathraiche




Hamish Trench, Ceannard

Cò sinne

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba na bhuidheann phoblach neo-roinneil (NDPB) a chaidh a stèidheachadh air 1 Giblean 2017 fo Achd Ath-leasachaidh an Fhearainn (Alba) 2016. Air a' Choimisean, tha còig Coimiseanairean Fearainn agus aon Choimiseanair Tuathanachas Màil, agus chaidh iad uile a chur an dreuchd le Ministearan na h-Alba. Tha a' bhuidheann stèidhichte ann an Inbhir Nis agus a' fastadh sgioba de 17 luchd-obrach (mar a bha e air 31 Màrt 2022), leis a' Cheannard, Hamish Trench, air an ceann. Tha sinn air ar làn-mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba, le buidseat de £1,526 airson 2021-22.

Structar na Buidhne



Na coimiseanairean Fearainn (clì gu deas): Megan MacInnes, an t-Àrd-ollamh David Adams, Andrew Thin (Cathraiche), an Dr Bob McIntosh (Coimiseanair Tuathanachas Màil), an Dr Sally Reynolds agus Lorne MacLeod

Na tha sinn a' dèanamh

'S e dreuchd Coimisean Fearainn na h-Alba a bhith a' brosnachadh smaoineachadh às ùr agus atharrachadh anns an dòigh sa bheil Alba a' sealbhachadh agus a' cleachdadh fearainn agus a' toirt comhairle do Riaghaltas na h-Alba air prògram leantainneach de dh'ath-leasachadh fearainn. A bharrachd air a bhith a' toirt seachad comhairle agus molaidhean airson lagh agus poileasaidh, bidh sinn a' toirt seachad ceannas a thaobh atharrachadh ann an cultar agus cleachdadh.

Lèirsinn

'S e ar lèirsinn gum bi againn siostam sealbh, rianachd is cleachdadh fearainn a tha cothromach, in-ghabhalach is tarbhach agus a bheir buannachdan nas fheàrr do mhuintir na h-Alba air fad.

Tha an aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn a chaidh fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba a' cur an cèill na lèirsinn airson dàimh làidir is beothail eadar talamh agus muinntir na h-Alba, a tha na fhrèam gus prògram ath-leasachadh fearainn na h-Alba a stiùireadh.

Cumaidh na prìomh luachan againn taic ris an obair a nì sinn agus mar a bhios sinn ag obair:



Ionracas

Tha sinn ag obair airson muinntir na h-Alba agus tha sinn cunntachail dhaibh



A' toirt dùbhlann

Tha sinn a' cur dùbhlann oirnn fhìn agus air càch a bhith a' stiùireadh atharrachadh



Tionnsgalachd

Tha sinn a' leasachadh smaoineachadh a tha àrd-amasach agus adhartach



Ùghdarrachadh

Tha sinn gar brosnachadh fhìn agus a' brosnachadh càch gus miannan-adhartais na h-Alba a choileanadh tro ath-leasachadh an fhearainn

Builean ro-innleachdail

Bidh sinn ag obair gus na builean seo a choileanadh:

1

Tha sealbh air fearann na h-Alba agus tha e air a chleachdadh ann an dòighean a tha cothromach, in-ghabhalach is tarbhach

2

Tha cothrom air barrachd de shluagh na h-Alba buaidh a thoirt agus sochairean fhaighinn bho cho-dhùnaidhean mu fhearann

3

Tha an dòigh anns am bi sinn a' cleachdadh fearann na h-Alba a' cruthachadh luach poblach agus sunnd eaconamach

Dh'fhoillsich an Coimisean an dàrna plana ro-innleachdail aige san t-Sultain 2020. Tha e a' mìneachadh trì raointean prìomhachais:

Ath-leasachadh
chòraichean-
fearainn

A' leabachadh
sealbh agus
cleachdadh
fearainn
ciallach

Ath-leasachadh
margaidhean
fearainn

Ag ath-nuadhachadh còraichean agus seilbheadaireachd fearainn – gus pàtran sealbh fearainn nas measgaichte agus nas tarbhaiche a bhrosnachadh, a' cur mhodailean smachd ùra an comas gus cuir ris an fharsaingeachd de dhaoine a gheibh buannachd bho chòraichean fearainn

A' leabachadh seilbheadaireachd agus cleachdadh fearainn ciallach – gus atharrachadh a chuir air adhart air mar a tha fearann fo sheilbh, air a riaghladh agus air a chleachdadh, a' cuideachadh dhaoine agus bhuidhnean gus prionnsapalan na h-Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn a chuir an gnìomh

Ag ath-leasachadh margaidhean fearainn – airson a bhith a' gabhail a-steach atharrachaidhean a dh'fhaodadh a bhith air siostam nan cìsean gus taic a thoirt do dh'ath-bheothachadh agus ath-nuadhachadh, ag ath-sgrùdadh mar a tha fearann air a luachadh agus a' comharrachadh roghainnean practaigeach gus dèanamh cinnteach gu bheil fearann air a chleachdadh nas fheàrr airson leas a' phobail.

Ciamar a tha sinn ga dhèanamh?


Tha sinn ag obair gus am plana ro-innleachdail is na builean againn a choileanadh tro bhith:

- **A' Rannsachadh agus a' sgrùdadh** – a' toirt seachad fianais agus anailis, a bheir comhairle agus molaidhean do Mhinistearan na h-Alba agus do Phàrlamaid na h-Alba
- **A' stiùireadh atharrachadh ann an cleachdadh** – a' toirt seachad dùilean soilleir agus taic an sàs gus daoine agus buidhnean a chuideachadh gus prionnsapalan Aithris Còraichean agus Dleastanasan Fearainn na h-Alba a chur an sàs
- **A' cur feadhainn eile an sàs agus a' cruthachadh chom-pàirteasan ro-innleachdail** – cuiridh sinn am poball agus luchd-ùidh an sàs anns an obair againn agus togaidh sinn com-pàirteasan ro-innleachdail gus àrdachadh a thoirt air buaidh na h-obrach againn
- **A' cumail taic ri Coimiseanair Tuathanas Màil** – a' libhrigidh foincseanan reachdail Coimiseanair Tuathanas Màil.

Am-bliadhna ghluais sinn a-steach dhan dàrna bhliadhna den phlana ro-innleachdail trì-bliadhna againn airson 2020-23. Tron bhliadhna, tha an Coimisean air prògram susbainteach de rannsachadh agus conaltradh poblach a libhrigeadh, a' dèanamh mholaidhean airson atharrachaidhean mòra ann an lagh is poileasaidh, agus a' brosnachadh atharrachaidhean nas luaithe ann an cultar agus cleachdadh.

Tha am prògram obrach a' mìneachadh na nì sinn gus am plana ro-innleachdail a libhrigeadh tron trì bhliadhna. Tha am plana obrach bliadhna a' cur an cèill mar a bhios sinn a' cleachdadh nan goireasan againn anns gach bliadhna ionmhais gus am prògram obrach agus plana ro-innleachdail againn a libhrigeadh. Chaidh plana gnìomh 2021-22 a chruthachadh a rèir nam prìomhachasan ro-innleachdail leantainneach.

An Structar Libhrigidh againn



Ann am plana gnìomh 2021-22, thàinig grunn phàisan obrach cudromach gu crìch agus thòisich raointean obrach ùra. Chuir adhartas le agus crìochnachadh nam builean ris a' phlana gnìomhachais bhliadhnail, ri builean ro-innleachdail agus ri builean frèam coileanaidh nàiseanta Riaghaltas na h-Alba.

Tha am Frèam Coileanaidh Nàiseanta aig Riaghaltas na h-Alba a' mìneachadh nam Builean Nàiseanta aig àrd-ìre airson Alba a dhèanamh na h-àite-fuirich nas fheàrr agus na dùthaich nas beartaiche agus nas soirbheachaile:

Cuiridh sinn ris

Tha na builean air **taobh-duilleig 4** a' cur ris na builean a leanas ann am frèam coileanaidh nàiseanta Riaghaltas na h-Alba agus ann an amasan nan Dùthchannan Aonaichte airson Leasachadh Seasmhach.

Builean frèam coileanaidh nàiseanta Riaghaltas na h-Alba:



Eaconamaidh



Àrainneachd



Coimhearsnachdan



Còraichean Daonna

Amasan nan Dùthchannan Aonaichte airson leasachadh seasmhach:



Bailtean-mòra agus
Coimhearsnachdan
Seasmhach



A' lùghdachadh
neo-ionannachd



Gnìomhach
a thaobh na
gnàth-shìde



Beatha
air Tìr



Deagh Obraichean
agus Fàs
Eaconamach

Am-bliadhna, mar a bha fìor dhan a h-uile buidheann, gnìomhachas agus roinn, lean a' Choimisean air a bhith fo bhuidh a' ghalair lèir-sgaoilte Covid-19, le barrachd sgaoileadh den ghalair, na riaghailtean iomallachd co-cheangailte agus dleastanasan cùraim a' toirt buaidh air a' bhuidhinn. Chùm an Coimisean comas-lìbhrigidh agus prìomhachasan fo sgrùdadh tro choinneamhan riaghlaidh cunbhalach agus le bhith ag atharrachadh clàran-ama agus planadh obrach bha e comasach dha dèanamh cinnteach gun robhar a' libhrigeadh prìomh thoraidhean a rèir a' phlana gnìomh agus a' phlana ro-innleachdail. Mar thoradh air an sin, chaidh 100% de na toraidhean ris a bha dùil sa phlana gnìomh bliadhnail a libhrigeadh gu h-iomlan. Libhrig an Coimisean am plana gnìomhachais aige taobh a-staigh 0.07% den bhuidseit bhliadhnail aige.

Na prìomh chùisean is chunnartan a tha romhainn

Thug a' mhì-chinnt leantainneach mar thoradh air a' ghalar lèir-sgaoilte buaidh mhòr air mar a bhios sinn ag obair agus air sunnd luchd-obrach. Coltach ri iomadh buidheann eile, mar thoradh air an òrdugh 'fuireach aig an taigh' aig toiseach a' ghalar lèir-sgaoilte, tha mar a tha sinn ag obair mar bhuidheann air atharrachadh gu bunaiteach. Tha dòigh-obrach nas sùbailte le barrachd saorsa do luchd-obrach gus pàtran a thaghadh a thaobh ciamar agus càite a bheil iad ag obair. Tha grunn bhuannachdan an cois dhan bhuidhinn, ach tha cunnartan ann cuideachd a thaobh in-ghabhail, conaltradh agus co-leanailteachd. Tha an Coimisean air gluasad gu gnìomhach gu siostam deasgaichean-teth agus air dòigh-obrach mheasgaichte a chur an gnìomh. Feumar am buaireadh a dh'fhaodadh a bhith aig seo air libhrigeadh a chomharrachadh agus a riaghladh. Bidh cunnartan agus cothroman ann an lùib ath-shlànachadh bhon ghalar lèir-sgaoilte agus a' sgaoileadh dòighean-obrach ùra airson na buidhne agus airson a riaghaladh.

Chaidh na prìomh chunnartan a dh'aithnich sinn a tha ag èirigh ann an 2021-22 a stiùireadh tro ghrunn lasachaidhean is smachdan. Tha sinn den bheachd gur ann aig na cùisean a leanas a bhios a' bhuidhne as motha air an dòigh san libhrig sinn ar n-obair thairis air an ath bhliadhna. Chaidh an comharrachadh aig ìre cunnairt mheadhanaich aig deireadh 2021-22.

Prìomh Chunnart	Lasachadh cunnairt
Luchd-obrach neo-làthaireach air sgàth tinneis is msaa, agus mar thoradh air seo gu bheilear a' call comas airson eileamaidean a tha riatanach airson nan siostaman gnothachais agus libhrigeadh a thoirt seachad	Cluichidh dreuchdan ùra rè-ùine gus piseach a thoirt air comas libhrigidh agus air goireasan. A' toirt seachad stiùireadh-deasg airson foincseanan a tha ro-chudromach dhan bhuidhinn. Daonnan a' feuchainn ri leasachadh a dhèanamh air an àrainneachd obrach le bhith a' cumail sùil air agus a' leasachadh ìrean sàsachd agus ìrean neo-làthaireachd luchd-obrach. Fòcas làidir air conaltradh taobh a-staigh na buidhne a' brosnachadh sunnd agus leasachadh buidhne.
Atharrachaidhean ann am prìomhachasan obrach, dùilean neo-chòrdail no dìth prìomhachaidh a' toirt droch bhuidhne air fallaineachd an luchd-obrach	Leabaich luachan na buidhne san dòigh sa bheil sinn ag obair agus mar bhunait do phrògram leasachaidh na buidhne. Conaltradh fosgailte agus follaiseach, a' cumail fios ris an luchd-obrach air fad mu stiùireadh ro-innleachdail agus prìomhachasan. Conaltradh làidir air an taobh a-staigh agus ceannardas ann an dòighean-obrach ùra gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach sunndach agus gu bheilear a' libhrigeadh a' phlana ghnìomh gu h-èifeachdach. Ath-sgrùdadh leantainneach air comas libhrigidh agus stòrasan le fòcas làidir air sunnd luchd-obrach air am bithear a' cumail sùil tro shuirbhidhean luchd-obrach cunbhalach.

Tha an Coimisean air na cunnartan seo a mhaothachadh tro fhrèam airson rianachd chunnartan, rianachd buidseit, rianachd dhàimhean, togail faire agus tro phrògram leasachaidh na buidhne agus cumaidh e na cunnartan fo sgrùdadh gnìomhach. Is e cunnart a chaidh a chur ris a' chlàr ann an 2021-22 an troimhe-chèile a dh'fhaodadh a bhith ann air siostaman libhrigidh agus gnìomhachais mar thoradh air a bhith a' gluasad gu dòighean obrach ùra de bhith a' measgachadh obair aig an taigh agus san oifis. Gus an cunnairt seo a lasachadh, tha sinn air poileasaidhean ùra a chruthachadh is pròiseasan air an taobh a-staigh atharrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil deagh cheangal aig luchd-obrach thar sgiobaidhean agus air feadh na buidhne.

Gheibhear barrachd fiosrachadh air an rianachd chunnartan againn ann an 2021-22 san Anailis Coileanaidh againn ([taobh-duilleig 18](#)) agus san Aithris Riaghlaidh againn ([taobh-duilleig 26](#)).

Mion-sgrùdadh air coileanadh

Lèirmheas de dh'obair Coimisean Fearainn na h-Alba ann an 2021-22, a' gabhail a-steach anailis den libhrigeadh is den choileanadh againn, agus an suidheachadh ionmhasail againn aig deireadh na bliadhna.

Na choilean sinn

Tha am plana gnìomhachais bhliadhna a' mìneachadh dè an dòigh anns an cleachd an Coimisean na goireasan aige gus prìomhachasan a choileanadh airson gach bliadhna ionmhais. Chaidh sùil gheur a chumail air seo fhad 's a bhathar a' dèanamh grunn atharrachaidhean air sgioba an luchd-obrach agus air an structar thar na bliadhna.

'S e am plana gnìomh airson 2021-22 a' chiad phlana làn-bhliadhna ann a bhith a' libhrigeadh a' phlana ro-innleachdail againn airson 2020-23. Tha am plana a' leantainn air adhart leis na sruthan obrach stèidhichte, a' cur an cèill fòcas agus builean na bliadhna.

Choilean sinn an dleastanas reachdail againn gus taic a chumail ri dleastanasan a' Choimiseanair Tuathanachas Màil agus ri geallaidhean Ministreil buntainneach, a bha mar a leanas:

- A' toirt taic do Riaghaltas na h-Alba air a' cho-chomhairle airson ath-sgrùdadh air Aithris Còraichean is Dleastanasan Fhearainn
- A' toirt comhairle air ath-leasachaidhean air an dòigh anns a bheilear a' saoradh fearann airson taigheadas agus leasachadh
- A' toirt comhairle air mar a ghabhadh cìsean a chur air fearann na h-Alba ann an dòigh na b' fheàrr tro atharrachaidhean air cìsean fearainn is seilbh làithreach
- A' toirt taic do Riaghaltas na h-Alba gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air a' bhuidhe aig tasgadh ann an calpa nàdarra air margaidh an fhearainn
- Chaidh taic a chumail ri buileachadh na h-Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn agus an Stiùiridh air a bhith A' conaltradh le Coimhearsnachdan air Co-dhùnaidh mu Fhearann
- A' brosnachadh ath-chleachdadh tarbhach de dh'fhearann falamh is trèigte.

Tha libhrigeadh a' phlana ghnòthachais againn air a sgrùdadh, agus thathar ag aithris air, fad na bliadhna anns na h-aithisgean adhartais againn dhan Bhòrd, a' gabhail a-steach dèanadas leis na Prìomh Chomharran Coileanaidh (PCCan).




Tha na sruthan-obrach a' toirt fiosrachadh air gach raon mu seach, agus tha iad a' sealltainn mar a tha na gnìomhan anns a' phlana ghnòthachais a' toirt taic do thoraidhean fhad-ùine a' phlana ro-innleachdail. Tha modal measaidh air feadh na buidhne a' tomhas buaidh ar cuid obrach agus na tha sinn a' cur ri builean fad-ùine gu h-èifeachdach gus sùil a chumail air ar n-adhartas leis a' phlana ro-innleachdail.


Chaidh a' mhòr-chuid de PCCan 2021-22 a choileanadh (faic an clàr air [taobh-duilleig 09](#)). Chaidh 100% de na builean a bha air am planadh a libhrigeadh bhon PhCC de 95%. Tha seo a' gabhail a-steach toraidhean a chaidh ath-structaradh agus ath-chlàradh bho phlana gnìomhachais 2020-21, a' gabhail a-steach sreath de thachartasan 'Ath-chleachdadh Fearainn' dhan roinn phoblaich gus fòcas a chur air ath-chleachdadh fearainn tarbhach agus iomairt margaidheachd gus mothachadh àrdachadh.

Tha smachdan riaghlaidh ionmhais teann aig a' Choimisean, a' gabhail a-steach pròifileadh agus sgrùdadh buidseit gus dèanamh cinnteach gu bheil fo- no ro-chaitheamh air a chomharrachadh cho tràth 's a ghabhas gus an tèid dèiligeadh ris. Tha an Coimisean fhathast a' dèanamh deagh adhartas ann a bhith a' riaghladh na tha e a' cosg gus na prìomh raointean obrach aige a libhrigeadh (faic na puingeann air [taobh-duilleig 11-12](#)) agus rinn e na b' fheàrr na am PCC aige san raon seo gus toradh deireadh bliadhna a choileanadh taobh a-staigh fo-chosgais 0.07% den bhuidseit iomlan. Chaidh beachdachadh air planadh ionmhais san fhad-ùine sa phlana gnìomhachais bhliadhnail againn.

Tha grunn chunnartan agus mhì-chinntean mu choinneamh a' choimisein ann a bhith a' coileanadh nam PCCan sin; tha iad sin air an sgrùdadh agus air an riaghladh gu dlùth tron fhrèam-riaghlaidh cunnairt, agus air an ath-sgrùdadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Cunnartan agus leis a' Bhòrd (faic [taobh-duilleig 26](#) Aithris air Riaghlaidh – Frèam-obrach Chunnartan agus Smachd).

Prìomh Chomharran Coileanaidh

Raon gnìomhachais	Prìomh Chomharran Coileanaidh Targaid 2021-22	Tomhas	Coileanadh 2020-21	Coileanadh 2021-22
 Ionmhas	Caiteachas an da-riribh gu bhith taobh a-staigh ro-chosg de 2% den bhuidseat a chaidh a riarachadh	Àireamh sa cheud de chaiteachas aig deireadh na bliadhna an taca ris a' bhuidseat air riarachadh	1.7%	0.07%
 Sunnd an luchd-obrach	Ìre de luchd-obrach dheth tinn nas lugha na an cuibheas nàiseanta (6.3 latha ron ghalar làir-sgaoilte)	An àireamh chuibheasach de làithean dheth tinn aig gach neach-obrach	2.12 an àireamh chuibheasach de làithean	6.23 an àireamh chuibheasach de làithean
	Àrdachadh de 5% ann an luchd-obrach a tha a' faireachdainn gu bheil luach ga chur annta agus gu bheil iad gan aithneachadh airson an cuid obrach	Ìrean riarachaidh ann an suirbhidh an luchd-obrach le bun-loidhne de 54% 'làn aontachadh' no 'aontaichte sa mhòr-chuid'	33% 'ag aontachadh' 47% freagairt neòdrach	48% 'ag aontachadh' 23% freagairt neòdrach Leudachadh 15% air freagairtean 'ag aontachadh' tro 2021-22
 Libhrigeadh	Chaidh 95% de na toraidhean air an comharrachadh sa phlana gnothachais bhliadhnail a libhrigeadh	Àireamh sa cheud de thoraidhean air an libhrigeadh is air an coileanadh mar a chaidh mìneachadh anns a' phlana gnothachais bliadhnail.	65% de na toraidhean ris an robhar an dùil air an libhrigeadh gu h-iomlan; 15% air a libhrigeadh gu ìre	100%
	Bidh measaidhean pròiseict a' comharrachadh buaidh agus atharrachadh san dòigh-obrach le luchd-ùidh mar thoradh dìreach air obair a' Choimisein	Tha suirbhidhean measaidh pròiseict air comharrachadh gu bheil còrr is 60% den luchd-fhreagairt air na dh'ionnsaich iad tro thachartas/com-pàirteachadh air seo a chur an gnìomh no tha iad comasach air deagh bhuidhean a chomharrachadh a dh'èirigh mar thoradh air an obair againn.	Bha 100% de luchd-freagairt den bheachd gun robh dleasan an TFC ann a bhith a' brosnachadh deagh dhàimhean eadar uachdarain agus teanntan aig gabhaltasan àiteachais glè no fìor èifeachdach	79% mar chuibheas ann am measadh air molaidhean Buidheann Gnìomha Fearann falamh is Trèigte, Coimiseanair Tuathanachas Màil, agus measadh air Co-labhairt Land Connection 2021

Raon gnìomhachais	Prìomh Chomharran Coileanaidh Targaid 2021-22	Tomhas	Coileanadh 2020-21	Coileanadh 2021-22
 Conaltradh	Pròifil nas àirde aig a' Choimisean	Àrdachadh gach bliadhna de:	Àrdachadh le % bhon bhliadhna mu dheireadh:	
		Fiosrachadh sna meadhanan 5%	34% ↑	13% ↓
		Luchd-leantainn sna meadhanan sòisealta 48%	70% ↑	56% ↑
		Fo-sgrìobhadh dhan chuairt-litir 10%	12% ↑	19% ↑*

*Bha gnìomhachd conaltraidh a' cuimseachadh air seanailean agus meadhanan ùra tron iomairt MyLand. Thèid metrics ùra a chruthachadh airson 2022-23 gus sùil a chumail air gnìomhachd tron bhliadhna.

Chùm an Coimisean air le prògram com-pàirteachaidh farsaing le luchd-ùidh agus leis a' phoball san fharsaingeachd gus coimhead air mar a dh'fhaodadh ath-leasachadh an fhearainn cuideachadh ath-shlànachadh nas uaine agus nas cothromaiche a libhrigeadh ann an Alba:

Bhruidhinn sinn aig

132 

tachartasan

a chaidh a chumail le com-pàirtichean agus luchd-ùidh thairis air grunn diofar roinnean

Bha còrr is **3,500** daoine à air feadh na RA an làthair aig na tachartasan seo

Chùm sinn


35 

webinarian agus bùithtean obrach

co-cheangailte ri Còraichean is Dleastanasan Fearainn

Bha còrr is **1,500** daoine an làthair bho choimhearsnachdan ionadail, luchd-ùidh, ùghdarrasan ionadail, agus barrachd

Chaidh

8 

coinneamhan poblach a chumail

Bha **267** daoine an làthair bho air feadh na h-Alba

Ag obair le



luchd-ùidh

gus prìomh raointean obrach a thoirt air adhart agus gus an deasbad air ath-leasachadh fearainn fhiosrachadh, leithid a bhith a' stèidheachadh Fòram Comhairleachaidh Fearainn is Còraichean Daonna

Tro 2021-22 tha sinn air aithisgean agus molaidhean fhoillseachadh air prìomh raointean obrach a' gabhail a-steach dùmhachd sealbh fearainn agus solar fearainn taigheadais, a bharrachd air leasachadh leantainneach air an taic phractaigeach againn airson a bhith a' cur an gnìomh prionnsapalan chòraichean is uallaichean fearainn na h-Alba. Thòisich fòcas mòr ùr air a' bhuidh a bhios aig luach carboin agus luach calpa nàdarra a tha a' tighinn am bàrr aig fearann na h-Alba. Seo cuid de na prìomh rudan a rinneadh am-bliadhna:

Ath-leasachadh còraichean fearainn

Chaidh fòram comhairleachaidh eòlaichean ùr air fearann agus còraichean daonna a stèidheachadh tro chom-pàirteachas eadar Coimisean Fearainn na h-Alba agus Oilthigh Shrath Chluaidh gus sgrùdadh a dhèanamh air mar a chuidicheas ath-leasachaidhean fearainn gus còraichean daonna a thoirt gu buil ann an Alba, a' beachdachadh air a' cheangal eadar còraichean seilbh agus còraichean eaconamach, sòisealta agus cultarail san fharsaingeachd.

A' leabachadh sealbh agus cleachdadh fearainn ciallach

Chùm sinn oirnn a' toirt taic do shealbhadairean fearainn, manaidsaran fearainn agus coimhearsnachdan air feadh na roinne poblaich, prìobhaidich agus na treas roinn, a' toirt seachad comhairle phractaigeach air sealbhachadh agus cleachdadh fearainn cunntachail. Chrìochnaich sinn ar pròiseact pìleat air fèin-mheasadh, ag obair le trì buidhnean ballrachd agus 35 uachdaran agus manaidsaran fearainn. Bheachdaich com-pàirtichean air na deagh chleachdaidhean anns a bheil iad an sàs mar-thà agus chomharraich iad na miannan aca a bhith a' dol an sàs ann an barrachd seilbh agus cleachdadh fearainn cunntachail.

Rinn Mìos Ath-chleachdadh an Fhearainn, a chaidh a chumail sa Mhàrt 2022, sgrùdadh air mar a bheirear taic do libhrigeadh ath-leasachadh fearainn san roinn phoblaich le fòcas sònraichte air dèiligeadh ri fearann falamh is trèigte. A' togail air molaidhean na Buidhne Gnìomha air Fearann Falamh is Trèigte, chaidh prògram de webinaran is tachartasan air-loidhne a chur air dòigh gus taic a chumail ri ceannardas leis an roinn phoblaich gus dèanamh cinnteach gum biodh fearann ga chleachdadh a-rithist, a' toirt cruth atharrachadh air dòigh-obrach na h-Alba a thaobh a bhith a' dèiligeadh ri dileab fearann trèigte agus gus dèanamh cinnteach nach bithear a' leigeil le fearann a dhol a dholaidh san fhad-ùine tuilleadh. Chaidh dusan seisean a chumail tron mhìos le còrr is 250 an làthair. Mar phàirt den mhìos de thachartasan dh'fhoillsich sinn stiùireadh dhan roinn phoblaich air mar a ghabhas fearann a chleachdadh agus a riaghladh airson math a' phobaill gus taic a thoirt do dhòigh togail beairteas coimhearsnachd.

Ag ath-leasachadh margaidhean fearainn

Calpa Nàdarra agus Talamh

Thòisich sinn air prògram obrach gus ar comhairle do Mhinistearan fhiosrachadh mu bhith a' cumadh margaidh an fhearainn airson maith a' phobaill, a' tòiseachadh le rannsachadh air a' bhuidh a th' aig calpa nàdarra air margaidh an fhearainn dhùthchail agus a' cruthachadh stiùireadh practaigeach gus taic a thoirt do mhiann Riaghaltas na h-Alba airson margaidh àrd-ionracais, air a stiùireadh le luachan, a' gabhail a-steach Pròtacal Còraichean is Dleastanasan Fearainn air cleachdadh cunntachail airson tasgadh agus seilbh calpa nàdarra.

Talamh airson Taigheadais


Rinn an Coimisean còig molaidhean practaigeach do Mhinistearan na h-Alba airson ath-leasachadh a dhèanamh air an dòigh anns a bheil fearann air a thoirt seachad airson taigheadas agus leasachadh, a' tarraing air eachdraidh fhada na h-Alba a bhith a' toirt còmhla planadh, sealbh fearainn, dealbhadh agus bun-structair gus àiteachan fìor mhath a libhrigeadh.

Ath-leasachadh Fearainn agus Cùisean

Am measg nam molaidhean a chuir sinn gu Ministearan na h-Alba san aithisg againn air mar a ghabhadh cùisean a chur air fearann na h-Alba ann an dòigh nas fheàrr, tha a bhith a' cur ris a' phàirt a th' aig fearann ann am bunait chùisean na h-Alba agus cumhachd do dh'ùghdarrasan ionadail a thaobh togalaichean a tha air an ùr-thrèigsinn. Tha na molaidhean a' coimhead air mar a dh'fhaodadh atharraichean air cùisean fearainn is seilbh a th' ann mar-thà taic a thoirt do dh'ath-bheothachadh eaconamach na h-Alba agus amasan ath-leasachaidh fearainn.

Land Connection 2021

Ann an Dàmhair 2021 chùm sinn an treas co-labhairt againn air ath-leasachadh fearainn. Thug prìomh chuspair na co-labhairt bhiortail trì-latha 'Land Connection' eòlaichean còmhla gus coimhead air àite an fhearainn ann a bhith a' coileanadh cuid de rùintean mòra na h-Alba airson na h-eaconamaidh, gnàth-shìde agus coimhearsnachdan.



Iomairt MyLand

San Ògmhios 2021 chuir sinn an iomairt ùr againn air bhog, stèidhichte air co-ionad susbaint ùr, [MyLand.scot](https://myland.scot), gus daoine a cheangal ris an fhearann mun cuairt orra, a' cleachdadh sgeulachdan brosnachail gus sealltainn mar a tha fearann na h-Alba fo shealbh, ga chleachdadh agus air a riaghladh a' toirt buaidh air beatha làitheil. Tha [inneal ùr air-loidhne](#) aig a' cho-ionad cuideachd gus coimhearsnachdan a chuideachadh gus àiteachan tràighe san sgìre aca a chleachdadh a-rithist, air a chruthachadh ann an com-pàirteachas le Comann Urrasan Leasachaidh na h-Alba.



Mar phàirt de COP26, chaidh sreath de phostairean a chuir suas timcheall air Glaschu gus ùidh a' phobail a thogail san dòigh anns a bheil fearann na h-Alba air a shealbhachadh agus air a chleachdadh agus gus sealltainn mar as urrainn do choimhearsnachdan an talamh mun cuairt orra a chleachdadh airson maith na gnàth-shìde.

Coimiseanair Tuathanachas Màil

Tha raon tuathanachais màil soirbheachail an eisimeil air dàimh làidir, cuideachail eadar màl-shealbhadairean agus uachdarain fearainn agus air dòigh-obrach dheimhinneach, phroifeiseanta le eadar-mheadhanairean a tha ag obair às leth a' mhàl-shealbhadair no an uachdarain fearainn. Feumaidh an leithid de dhàimhean a bhith stèidhichte air meas co-ionann agus luachan co-roinnte agus dòigh-obrach choitcheann ri cothromachd agus reusantachd. Tha an Coimiseanair Tuathanachas Màil (an TFC) air adhartas susbainteach a dhèanamh thairis air a' bhliadhna ann an grunn raointean airson tuathanachas màil.

Chaidh seachd Còdan Obrachaidh fhoillseachadh gu ruige seo. Thathar an dùil gum bi iad a' stiùireadh nan dòighean-giùlain agus a' toirt cumadh air na modhan-obrach a tha ceangailte ris na h-eadar-obrachaidhean agus còmhraidhean eadar uachdarain fearainn agus màl-shealbhadairean, a' gabhail a-steach luchd-ionaid agus eadar-mheadhanairean a tha ag obair airson taobh seach taobh.

Tron bhliadhna, dh'fhoillsich an Coimiseanair Tuathanachas Màil stiùireadh air Leigeil seachad agus Sònrachadh Gabhaltasan Achd 1991, a' gabhail a-steach stiùireadh air leth air an fhiosrachadh a dh'fheumar airson fios gu bheil an dùil fearann a leigeil seachad, stiùireadh air gèilleadh reachdail coitcheann, uidheamachd stèidhichte agus a bhith a' faighinn creideas carbon so-mhalairteach ann an suidheachadh àiteachais.

Chuir Coimiseanair Tuathanachas Màil a-steach pàipear gu Bòrd Sgrùdaidh Ath-leasachadh Àiteachais (ARIOB) san t-Samhain 2021 mu Bhile an Àiteachais a thaobh gabhaltasan, a' cur air adhart molaidhean airson frèama gus taic agus reachdas a leasachadh a tha iomchaidh do roinn an tuathanachais mhàil.

Obair-chùise

Bidh an TFC a' toirt fiosrachadh do mhàl-shealbhadairean agus uachdarain fearainn air na Còdan. Fhuair an TFC 78 ceist tron bhliadhna, lùghdachadh de 39% bho 2020-21. Tha an lùghdachadh seo mar thoradh gu ìre mhòr air an lèir-laghadh air leasachaidhean luchd-gabhail a' tighinn gu crìch.

78 


ceistean tron bhliadhna

Lùghdachadh de

39% 

bho 2020-21

A thaobh fios thugainn, fhuair eadh a' chuid as motha bho thuathanaich màil agus bhuapasan a bha gan riochdachadh (73%), le ceistean bho uachdarain, bho riochdairean uachdarain agus bho phroifeiseantaich eile, a' riochdachadh 27% de na ceistean.



Fhuair an Coimiseanair Tuathanachas Màil raon farsaing de chuspairean thairis air a’ bhliadhna ‘s a chaidh, leis a’ mhòr-chuid mu chomhairle air càradh is cumail suas, leigeil seachad, lèirmheasan màil, cùisean co-cheangailte ri spòrs agus gabhaltasan ùra. Mar a thachair sna bliadhnaichean roimhe seo, fhuaradh ceistean bho air feadh na h-Alba, leis an àireamh as motha de luchd-conaltraidh ùra a’ tighinn bho Shiorrachd Obar Dheathain is Peairt is Ceann Rois.

Seòrsa ceist	2021-22
Càradh is cumail suas	10
Eile	8
Lèir-laghadh	7
Leigeil seachadan	6
Spòrs	6
Lèirmheas màil	5
Teirmichean lìosa	5
Deireadh a’ ghabhaltais	5
Gluasad còir fearainn/còir sheilbh	5
Gabhaltas ùr	4
Coilltearachd	3
Leasachaidhean luchd-gabhail	3
Luchd-inntrigidh ùra	3
Com-pàirteachas Earranta	2
Toirt-air-ais	2
Iomadach	2
Pàigheadh màil fadalach	1
Uidheam stèidhichte	1




Cha deach aithris a dhèanamh air casaid sam bith de bhriseadh am-bliadhna.


Suidheachadh Ionmhasail

Fhuair Coimisean Fearainn na h-Alba buidseat (ris an canar Crìoch Caiteachais Roinneil, no DEL) de £1.526m millean bho Riaghaltas na h-Alba. Bha an Coimisean ag obair taobh a-staigh an riarachadh airgid aige airson 2021-22 le bhith a' tarraing sìos £1.47m den riarachadh £1,526m, b' e fo-chosg de £1k a bha seo.

Riarachadh stòrasan sa bhuidseit a rèir raointean prìomhachais ann an 2021-22



Riarachadh stòrasan an dà-rìribh a rèir raointean prìomhachais ann an 2021-22



- Cosgaisean nan Coimiseanairean
- Ath-leasachadh còraichean fearainn
- Prìomh luchd-obrach agus cosgaisean eile*
- Sealbhadh fearainn cunntachail
- Seirbheisean Corporra
- Ag ath-leasachadh margaidhean fearainn
- Conaltradh is tachartasan
- Coimiseanair Tuathanachas Màil

*Tha cosgaisean luchd-obrach agus pròiseict air an riarachadh a rèir prìomhachasan Prògram Obrach, tha seo a' sealltainn nam bun-chosgaisean luchd-obrach eile agus cosgaisean eile.

Chaidh sùbailteachd a chumail ann am prògramadh a' bhuidseit a dh'aona ghnòthach gus an gabh atharrachaidhean a dhèanamh ann am prìomhachasan, freagairt dhan ghalar lèir-sgaoilte agus atharrachadh air goireasan. Chaidh an cunnart gum biodh ro-chosg ann a riaghladh agus a lùghdachadh nuair a chaidh a' bhliadhna air adhart gus dèanamh cinnteach gum biodh an toradh deireannach taobh a-staigh riarachadh san Tabhartas gus Cuideachadh.

Chaidh barrachd a chosg air ath-leasachadh margaidhean fearainn mar thoradh air fòcas nas motha air an obair againn air buaidh calpa nàdarra air margaidhean fearainn dùthchail na h-Alba. Bha àrdachadh mòr eadar na cosgaisean 's a bhuidseit agus na chaidh a chosg an dà-rìribh ann an Cosgaisean Luchd-obrach mar thoradh air fastadh a bharrachd agus fòcas air sunnd, trèanadh agus leasachadh an luchd-obrach. Bha leudachadh beag ann an conaltradh is tachartasan le sgaoileadh na h-ìomairt mothachaidh phoblach agus le bhith a' dèanamh deagh fhèin de na cothroman a bha an lùib seo, gu sònraichte a thaobh COP26.

Tar-shealladh Ionmhasail

Air stèidh cunntaidh teachd-a-steach is caiteachas, tha an toradh ionmhasail airson na bliadhna air gnìomhachdan àbhaisteach air fàgail gu bheil fo-chosg sa bhuidseat de £1k. Bha cunnart ann tron bhliadhna gum biodh fo-chosg aig a' choimisean mar thoradh air atharrachadh air luchd-obrach agus structar na buidhne, gu sònraichte san sgioba-stiùiridh. Ach, bha cosg a bharrachd ann air conaltradh agus calpa nàdarra a chleachd cuid den fho-chosg seo. Cho-dhùin an Coimisean cuideachd a bhith a' cosg barrachd air IT agus chaidh laptopan ùra a thoirt dhan mhòr-chuid de luchd-obrach gus dèanamh cinnteach gum b' urrainn dha cumail air ag obair gu h-èifeachdach ann an àrainneachd obrach nas bhiortaile. Fhuair an Coimisean £1.470 millean den chuibhreann aige de Thabhartas gus Cuideachadh bho Riaghaltas na h-Alba, b' e an caiteachas uile-chùiseach lom bho seo £1.525m, a' fàgail gun robh ro-chosg a dh'aona-ghnothach ann de £55k san airgead a chaidh a tharraing sìos bhon Tabhartas gus Cuideachadh gus cùl-stòr coitcheann earrainnean luchd-pàighidh chìsean a lùghdachadh.

Geàrr-chunntas air caiteachas an da-rìribh	2021-22 £000	2020-21 £000	2019-20 £000
Buidseat DEL	1,526	1,526	1,526
Caiteachas Obrachaidh Iomlan	(1,525)	(1,500)	(1,458)
Còrr/(easbhaidh) sa Bhuidseat	1	26	68
Tabhartas gus Cuideachadh air a tharraing sìos	1,470	1,526	1,456
Teachd a-steach eile	0	0	0
Còrr/(easbhaidh) leis an GIA air a tharraing sìos	(55)	26	(2)

A' bhuidheann againn

Agus sinn a-nis sa chòigeamh bliadhna againn, tha an Coimisean a' tighinn gu ìre mar bhuidheann. Bha a' chiad phlana ro-innleachdail agus ro-innleachd leasachaidh na buidhne mu bhith a' togail buidheann ùr. 'S e fòcas na ro-innleachd làithrich leantainn oirnn le bhith a' toirt piseach air an èifeachdas agus buaidh againn.

Leasachadh na buidhne

Am-bliadhna thòisich prògram leasachaidh fad-ùine air feadh na buidhne. A' togail air fios-air-ais bho cho-chomhairle le luchd-obrach, bhon t-suirbhidh agus bho Fhòram Conaltraidh an Luchd-obrach, tha sinn gar leasachadh fhèin mar bhuidheann gus dèanamh cinnteach gu bheil na pròiseasan agus dòighean-obrach againn èifeachdach, freagairteach agus a' toirt seachad luach an airgid. Chaidh taic a chumail ri seo le bhith ag ath-sgrùdadh mar a tha sinn ag obair, an structar, cunntachalachd agus am frèam pàighidh is rangachaidh gus a' bhuidheann a tha sinn ag iarraidh a chruthachadh. Bha seo a' gabhail a-steach:

- Ath-sgrùdadh agus ùrachadh air gach dealbh obrach
- A' gluasad gu sgioba riaghlaidh nas lugha leis a' Cheannard, Ceannard Còraichean is Dleastanasan Fearainn, agus Ceannard Conaltraidh is Seirbheisean Corporra gus an structar riaghlaidh againn a dhèanamh nas sìmplidhe agus aig an aon àm a' cumail sùbailteachd airson na buidhne san àm ri teachd
- A' cur an gnìomh dòighean-obrach ùra gus sùbailteachd a thoirt seachad airson obair an dà chuid san dachaigh is san oifis
- A' fastadh cunnradair gus plana leasachaidh buidhne a chruthachadh agus a chur an gnìomh còmhla ris an luchd-obrach a tha a' gluasad air adhart leis na leasachaidhean sna dòighean-obrach againn
- A rèir nan dòighean-obrach ùra rinn sinn ath-sgrùdadh air na feumalachdan oifis a th' againn an-dràsta agus shir sinn cothroman ro-innleachdail airson co-shuidheachadh le buidhnean poblach eile far an gabh co-obrachadh a thoirt gu buil agus chaidh fios foirmeil a thoirt seachad gum biomaid a' cur crìoch air an aonta-màil againn aig Taigh an Longman
- A' comharrachadh raointean far a bheil feum air goireasan a bharrachd sa bhuidhinn agus chaidh luchd-obrach ùra fhadadh leithid Neach-taic Pròiseict gus an taic a thoirt seachad
- Lean sinn poileasaidh gu gnìomhach gus cothroman a thoirt do dhaoine òga sa bhuidhinn tro nua-phreantasachdan agus dreuchdan inntearnais
- Chuir sinn cùis-gnìomhachais gu Riaghaltas na h-Alba air a' phrionnsabal a bhith a' gluasad gu frèama pàighidh is ìrean sònraichte agus gus co-chomhairle a bharrachd a dhèanamh le luchd-obrach.

Dh'aontaich an Coimisean cuideachd:

- A' coimhead air seachdain obrach 35-uair a thìde, a rèir Poileasaidh Pàighidh Poblach Riaghaltas na h-Alba
- A' cumail oirnn a bhith ag ath-sgrùdadh agus a' cumail sùil air sunnd luchd-obrach tro shuirbhidhean cunbhalach tron bhliadhna agus a' cur plana gnìomh an sàs.

Lean an Coimisean air leis an fhòcas aige air a bhith a' cur an sàs atharrachadh cultair sa bhuidhinn agus a bhith a' leabachadh còraichean agus dleastanasan fearainn aig cridhe na buidhne, rud a chithear ann an structar an sgioba-stiùiridh, gus an dàimh eadar poileasaidh agus cleachdadh a neartachadh.

Pròifil chunnartan – Geàrr-chunntas 2021-22

Tha pròifil chunnartan a' Choimisein air atharrachadh agus air gluasad tron bhliadhna mar fhreagairt air buaidh a' ghalair làir-sgaoilte, cunnartan nas motha a thaobh tèarainteachd shaidhbear, agus atharrachaidhean a dh'fhaodadh a bhith aig prìomhachasan riaghaltais agus pàrlamaideach.

Thèid cunnartan a chomharrachadh, a sgrùdadh agus a stiùireadh tron fhrèam stiùireadh chunnartan faic [taobh-duilleig 26](#)). Bha an t-atharrachadh a bu mhotha ann an cunnartan mar thoradh air na cuingealachaidhean air sgàth Covid-19 a bhith ag atharrachadh agus gam fhuasgladh, agus a bhith a' riaghladh nan dleastanasan cùraim a bharrachd aig luchd-obrach agus mì-chinnt a thaobh comas-libhrigidh na buidhne. Nam measg bha:

- Luchd-obrach neo-làthaireach air sgàth tinneis agus mar thoradh air seo gu bheilear a' call comas airson eileamaidean a tha riatanach airson gus libhrigeadh gnothachais a thoirt seachad
- Atharrachaidhean ann am prìomhachasan obrach, dùilean neo-chòrdail no dìth prìomhachaidh a' toirt droch bhuaidh air fallaineachd an luchd-obrach
- Briseadh air siostaman libhrigidh agus gnìomhachais mar thoradh air cuid de luchd-obrach a' gluasad gu roghainnean nas maireannach a thaobh obair san dachaigh.

Cuideachd, chuir am fòcas air COP26 agus toiseach a' chogaidh san Ugràin ri cunnartan a thaobh tèarainteachd shaidhbear a tha air a bhith na fhòcas dlùth dhan bhuidhinn fad na bliadhna agus sinn a' faighinn creideas Cyber Essential Plus.

Bha grunn chunnartan co-cheangailte ri cùisean taobh a-muigh na buidhne aig an aon ìre fad ùine faisg air deireadh na bliadhna, ach chaidh an cumail fo sgrùdadh a chionn 's gun robh iad taobh a-staigh na h-ìre às àirde den sgòr cunnart ìosal. Nam measg bha:

- Tha dèanamh poileasaidh agus rianachd dhàimhean, agus modh-obrach ais-ghnìomhach mar fhreagairt ri cùisean a tha ag èirigh
- Stiùirich dhàimhean thar Riaghaltas na h-Alba gus am bi obair a' Choimisein air a tuigsinn gu math agus gun tèid fàilte a chur air a mholaidhean.

Chaidh grunn smachdan agus lasachaidhean a chur an sàs gus cuideachadh le bhith a' riaghladh nan cunnartan sin, leithid am fòcas nas motha air sunnd luchd-obrach, ath-sgrùdadh air builean plana gnìomhachais agus sgrùdadh buidseit, leis na cunnartan aig an aon ìre tron bhliadhna.

A' Planadh air adhart

Agus sinn a' planadh na h-obrach againn airson 2022-23, tha sinn fhathast ann an àm dùbhlach, a' freagairt air buaidhean air slàinte a' phobaill, air an eaconamaidh agus air sunnd mar thoradh air a' ghalair làir-sgaoilte. Tha an comas a bhith sùbailte agus a bhith ag atharrachadh mar a bhios sinn ag obair tron bhliadhna ro-chudromach fhathast a thaobh sunnd luchd-obrach agus a thaobh a bhith a' libhrigeadh.

Tha am [plana ro-innleachdail](#)¹ làithreach againn a' mìneachadh na ro-innleachd againn airson na h-ùine bhon t-Sultain 2020-2023. Bha sinn aig meadhan a' phlana sin sa Ghiblean 2022 agus dh'fhoillsich sinn prògram obrach ùraichte anns a' Ghiblean 2022 agus dh'ùraich sinn na prìomhachasan againn gu 2023. Tha na prìomhachasan a tha air am mìneachadh nar prògram obrach a' cuimseachadh air far am faod an Coimisean luach a chur ris agus a' bhuaidh as motha a bhith aige thairis air na 18 mìosan a tha romhainn. Fòcas soilleir a bhith air an dleastanas againn, agus air mar a tha fearainn aig cridhe a bhith a' cur aghaidh ri cuid de na dùbhlain poileasaidh poblach mòra ann an Alba. Tha fearann cudromach ann an ath-nuadhachadh eaconamach, a' dèiligeadh ri neo-ionannachd, a' toirt gu buil chòraichean daonna agus anns a' ghluasad cothromach gu cothromachadh-carboin.

Libhrigidh sinn am prògram obrach againn le bhith:

- A' toirt comhairle agus fianais do Riaghaltas na h-Alba, dhan Phàrlamaid agus do luchd-ùidh air Bile Ath-leasachadh an Fhearainn agus Bilean eile far a bheil sin iomchaidh
- A' toirt seachad comhairle airson poileasaidh agus cleachdadh a thaobh margaidh an fhearainn agus eadar-ghluasad cothromach, iomadachadh sealbh fearainn agus leasachadh is ath-nuadhachadh fearainn
- A' neartachadh buileachadh Còraichean is Dleastanasan Fearainn tron Phrògram Deagh Chleachdadh againn
- A' cumail taic ri dleastanasan a' Choimiseanair Tuathanachas Màil.

¹ Gheibhear am plana ro-innleachdail againn aig www.landcommission.gov.scot/all-publications sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.

Foir-shealladh so-sheasmhach, sòisealta agus àrainneachdail

Ann an co-rèir ri Riaghaltas na h-Alba, tha an Coimisean a' cur chòraichean daonna - eaconamach, sòisealta agus cultarach - aig cridhe na h-obrach againn. Tha seo air fhoghe a-steach sa phlana ro-innleachdail agus ann am prògram na h-obrach againn, le fòcas sònraichte air a bhith a' coileanadh nan còraichean daonna mean air mhean tron fhrèam airson ath-leasachadh an fhearainn ann an Alba. Tha sinn air cur romhainn co-ionannachd chothroman a chur air adhart agus tha poileasaidhean is modhan-obrach againn gus dèanamh cinnteach gun tachair sin. Tha sinn ag aithneachadh nan dleastanasan laghail air fad againn, gu sònraichte a thaobh dàimhean cinnidh, aois, gnè agus leth-bhreith ciorraim agus cumaidh sinn ris gach poileasaidh aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh còraichean daonna agus co-ionannachd.

Tha targaidhean àrd-amasach aig Riaghaltas na h-Alba airson lùghdachadh carboin anns an roinn phoblaich, agus às dèidh dhan riaghaltas èiginn gnàth-thìde ainmeachadh, tha sùil gheur air a bhith air an roinn phoblaich a bhith air thoiseach air càch le bhith a' lùghdachadh sgaoilidhean carboin. Tha Plana Gnìomh Gnàth-shìde na Comataidh a' mìneachadh a' ghealltanais againn cothromach carboin a ruigsinn sna h-eimiseanan againn ro 2025 agus gun eimiseanan dìreach sam bith a bhith againn ro 2030 agus tha mapa-slighe againn gus sin a ruigsinn. Bha lùghdachadh susbainteach ann an eimiseanan a' Choimisein bho 58 tunnaichean ann an 2019 gu 13 tunnaichean ann an 2021 (16 tunnaichean ann an 2020). Seo mar thoradh air glè bheag de shiubhal ag obair agus siubhal eile mar thoradh air a' ghalar làir-sgaoilte. Tha fòcas againn cuideachd air a bhith a' dèiligeadh ri cùisean air an taobh a-staigh, leithid siubhal, goireasan agus solarachadh uaine a bharrachd air àrdachadh aire. Tha sinn air na poileasaidhean againn air siubhal agus air obrachadh bhon dachaigh ùrachadh gus dèanamh cinnteach gun tèid na dh'ionnsaich a thaobh atharrachaidhean obrach a leabachadh agus gun lean an t-ìsleachadh ann an siubhal agus gum faighear buannachdan bho seo san fhad ùine.

Faodaidh grunn bhuannachdan tighinn dhan choimhearsnachd nas fharsainghe tro luchd-obrach ag obair anns a' choimhearsnachd agus le buidhnean carthannais. Cumaidh sinn taic ri daoine a tha airson obair coimhearsnachd no carthannais a dhèanamh. Faodaidh luchd-obrach pàirt a ghabhail ann an sgeama 'thoir mar a choisinnear', far am faod iad cuid den tuarastal aca a thoirt gu buidhnean carthannais a roghnaich iad.

Feabhas luach

Bidh Bòrd a' Choimisein a' toirt seachad na lèirsinn agus a' cheannais a tha a dhìth gus dèanamh cinnteach gu bheil e riarachaidh gu bheil a' bhuidheann a' dèanamh an fheum as fheàrr de dh'airgead poblach. Tha sinn an geall air feabhas luach a libhrigeadh tro riaghladh agus cunntachalachd a tha soilleir, tro rianachd coileanaidh a tha èifeachdach, tro co-obrachadh agus obair le com-pàirteachasan, tro làn-mheudachadh èifeachdasan agus a' fighe seasmhachd a-steach san dòigh a dh'obraicheas sinn.

Tha dealas aig a' Choimisean sàbhalaichean èifeachdais a choileanadh agus lean e air a' coileanadh sàbhalaichean cosgais ann an siubhal is àiteachan-fuirich ann an 2021-22 mar thoradh air nas lugha de shiubhal agus dòighean-obrach eadar-dhealaichte. Às dèidh ath-sgrùdadh air riatanasan àiteachan-oifis, dh'innis an Coimisean do Riaghaltas na h-Alba gun robh e am beachd gluasad bhon oifis far a bheil e an-dràsta ann an Taigh an Longman gus a bhith air a cho-shuidheachadh le buidheann phoblach eile. Bheir seo cothrom dhuinn air co-obrachadh nar n-obair a bharrachd air oifisean sùbailte a bheir seachad luach an airgid agus a fhreagras air feumalachdan na buidhne san àm ri teachd.

Tha sinn air cur romhainn co-ionannachd chothroman a chur air adhart agus tha poileasaidhean is modhan-obrach aige airson dèanamh cinnteach gun tachair sin. Tha sinn cuideachd a' gabhail làn-ealla ri ar dleastanasan laghail, gu sònraichte a thaobh dàimhean cinnidh, agus leth-breith aois, gnè agus ciorraim.

Tha an Coimisean gu mòr airson 's gum bi na h-ìrean as àirde de ghiùlan beusach agus de dh'ionracas ann agus airson casg a chur air brìbearachd agus coirbeachd. Tha poileasaidh againn an aghaidh foill agus cha d' fhuair aithris sam bith de dh'fhoill no de choirbteachd.

Hamish Trench



Ceannard agus Oifigear Cunntachail

1 Samhain 2022

Ann an aithisg seo, tha na prìomh aithrisean agus aithisgean a tha ga dhèanamh comasach gun urrainn Coimisean Fearainn na h-Alba riatanasan cunntachalachd a choileanadh agus dearbhadh gu bheil e a' gèilleadh ri deagh riaghladh corporra.

Aithisg air Riaghladh Corporra

Aithisg nan Stiùirichean

Bòrd nan Coimiseanairean

Gheibhear làn fiosrachaidh air Clàr Com-pàirtean nan Coimiseanairean air an làraich-lìn againn: www.landcommission.gov.scot

Andrew Thin (Cathraiche)

Tha còrr is fichead 's a deich bliadhna de ghnàth-eòlas aig Andrew air dreuchdan ceannardais san roinn phoblaich, san roinn phrìobhaidich agus san treas roinn. Cho-òrdanaich e an obair air an Lèirmheas air reachdas air Gabhaltasan Àiteachais ann an 2014. Am measg nan dreuchdan eile aige san roinn phoblaich, bha e na Choimiseanair Croitearachd, na Chathraiche air Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh agus na Chathraiche air Dualchas Nàdair na h-Alba, agus gu 2022 bha e na Chathraiche air Canàlan na h-Alba.

An Dr Bob McIntosh CBE (Coimiseanair Tuathanachas Màil)

Le dreuchd mar sheirbheiseach catharra air a leigeil dheth, tha gnàth-eòlas farsaing aig Bob ann am poileasaidh poblach, gu h-àraid ann am manaidsheadh fearainn agus coilltearachd. Bha Bob na Stiùiriche airson na h-Àrainneachd agus Coilltearachd aig Riaghaltas na h-Alba eadar 2012 agus 2015, agus bha e na Stiùiriche air Coimisean na Coilltearachd Alba. Bha e na chom-pàirtiche air tuathanas bràghad de 650 acairean fad 15 bliadhna. Tha e cuideachd na Bhall Bùird air lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean.

An Dr Sally Reynolds

Tha Sally na Neach-comhairle Àiteachais (le PhD ann an eag-eòlas matamataigeil); an-dràsta, tha i ag obair le raon an fhearainn coimhearsnachd mar Oifigear Leasachaidh le Urras Oighreachd Chàrlabhaigh. Mar chroitear gnìomhach agus mar ghlèidheadair sprèidhe, tha i a' cur ri grunn ghnìomhachdan a tha a' toirt buannachd dhan choimhearsnachd.

Lorne MacLeod

Bha Lorne na stiùiriche stèidheachaidh, agus an uair sin na Chathraiche, air Fearann Coimhearsnachd Alba, agus tha e air a bhith na stiùiriche air buidhnean airson fearann coimhearsnachd a cheannach ann an Èirisgeigh, Uibhist a Deas is Beinn na Faoghla, agus Eilean Ghiogha. B' esan a' chiad Stiùiriche air Neartachadh Choimhearsnachdan aig lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha e na chunntasair cùmhnantaiche, agus tha e na stiùiriche de ghnòthachas reic is riarachaidh san Eilean Sgitheanach.

Megan MacInnes

Tha còrr is 15 bliadhna de dh'eòlas aig Megan de bhith ag obair air ath-leasachadh fearainn gu h-eadar-nàiseanta, gu sònraichte air feadh taobh an ear-dheas Àisia, le buidhnean coimhearsnachd, NGOan, riaghaltasan, buidhnean eadar-nàiseanta agus companaidhean àiteachais mòra. Tha ealantas nach beag aice ann an dìon chòraichean fearainn, manaidsheadh fearainn, ùghdarrachadh choimhearsnachdan agus còraichean daonna. Chaidh a togail san Eilean Sgitheanach agus tha i a-nis na bhall de theaghlach croitearachd anns a' Chomraich. Gus an Cèitean 2020, bha i na comhairliche fearainn leis an NGO eadar-nàiseanta Global Witness.

An t-Àrd-ollamh David Adams

Tha David Adams na Àrd-oifigear Emeritus ann an Eòlas Bailteil ann an Oilthigh Ghlaschu. Tha Daibhidh na bhall den Institiud Rìoghail airson Dealbhadh Baile agus de dh'Institiud Rìoghail nan Suirbhidhear Clàraichte, agus bha e roimhe na chomhairliche dhan Bhuidhinn Lèirmheas air Ath-leasachadh Fearainn. Tha e air tòrr mòr rannsachadh agus foillseachadh a dhèanamh air duilgheadasan a thaobh fearann bailteil.

Sgioba-stiùiridh

Hamish Trench

(Ceannard agus Oifigear Cunntachail)

Tha uallach air airson ceannardas ro-innleachdail agus stiùireadh obrachaidh na buidhne agus airson taic a thoirt do na Coimiseanairean ann an coileanadh an dleastanasan.

Posy MacRae

(Ceann Conaltraidh agus Sheirbheisean Corporra)

Ball den sgioba-stiùiridh gu ruige 16 Sultain 2022. Tha uallach oirre a bhith a' stiùireadh conaltraidhean is seirbheisean corporra a' Choimisein, a' gabhail a-steach riaghladh corporra.

Shona Glenn

(Ceann Poileasaidh is Rannsachaidh)

Ball den sgioba-stiùiridh gu ruige 14 Faoilleach 2022. Tha uallach oirre a bhith a' stiùireadh prògram rannsachaidh agus poileasaidh a' Choimisein air còraichean, seilbhadaireachd agus margaidhean fearainn.

Emma Cooper

(Ceann Còraichean is Dleastanasan Fearainn)

Tha uallach oirre airson a bhith a' stiùireadh a' phrògram obrach a tha a' cumail taic ri buileachadh practaigeach Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn) Riaghaltas na h-Alba (LRRS), seilbhadaireachd agus cleachdadh fearainn ciallach.

Peinnseanan

Tha an luchd-obrach aig Coimisean Fearainn na h-Alba ion-roghnach a bhith nam ball de Phrìomh Sgeama Peinnsein na Seirbheis Catharra. Gheibhear làn-fhiosrachadh air an sgeama agus air làn-chòraichean nan àrd-stiùirichean aig Coimisean Fearainn na h-Alba anns an Aithisg air Ìocadh agus Luchd-obrach ([taobh-duilleig 32](#)) agus nòta 2 ([taobh-duilleig 50](#)) an cois nan cunntasan.

Iarrtasan Saorsa Fiosrachaidh

Fhuair Coimisean Fearainn na h-Alba ceithir iarrtasan Saorsa an Fhiosrachaidh rè na bliadhna 2021-22. Faodar fios fhaighinn mun deidhinn air làrach-lìn Coimiseanair Fiosrachaidh na h-Alba: stats.itspublicknowledge.info.

Dìon dàta

Cha do thachair call dàta rè na bliadhna.

Còd Cleachdadh Pàighidh

Ann an co-rèir ri poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, feumaidh Coimisean Fearainn na h-Alba a h-uile cunntas a phàigheadh, mura bheil e fo dheasbad, taobh a-staigh 10 làithean bho fhuaireadh e. Tha Coimisean Fearainn na h-Alba ag amas air 100 sa cheud de chunntasan a phàigheadh, a' gabhail a-steach cunntasan a tha fo dheasbad aon uair 's gu bheil an deasbad air a rèiteachadh, ri uair a rèir nan cumhachan seo. Rè na bliadhna a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2022, phàigh Coimisean Fearainn na h-Alba 97.82% sa cheud de chunntasan a rèir nan cumhachan seo.

Cìsean nach buin dhan Sgrùdadh

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air Sgrùdadh Alba a chur an dreuchd mar an neach-sgrùdaidh chunntasan bho thaobh a-muigh. Thathar a' foillseachadh làn-fhiosrachadh air a' chis airson sgrùdadh nan cunntasan gu ceann na bliadhna 31 Màrt 2022 ann an nòta 3 ([taobh-duilleig 51](#)) an cois nan cunntasan. Cha tugadh cùmhnant no pàigheadh do Sgrùdadh Alba airson obair sam bith nach buin ri sgrùdadh rè na bliadhna.

Aithisg air Uallaichean an Oifigeir Chunntachail

Aithris air Dleastanas an Oifigeir Chunntachail Ann an co-rèir ri earrann 19(4) de dh'Achd Ionmhas Poblach agus Cunntachalachd (Alba) 2000 agus earrann 19 de dh'Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016, tha Ministearan na h-Alba air stiùireadh a thoirt do Choimisean Fearainn na h-Alba gus aithris air cunntasan a dheisealachadh airson gach bliadhna ionmhasail anns a' chruth agus air an stèidh a chuireadh an cèill anns an Stiùireadh air Cunntasan a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba.

Tha na cunntasan air an deisealachadh a rèir nuair a tha suimeannan gan clàradh, agus feumaidh iad dealbh fìor agus cothromach a thoirt de chor a' ghnòthaich ann an Coimisean Fearainn na h-Alba aig ceann an ama agus de na cosgaisean obrachaidh aige a bharrachd air buannachdan agus callaidhean aithnichte agus sruthan airgid airson an ama ionmhasail.

Ann an deisealachadh nan cunntasan, tha an t-Oifigeir Chunntachail fo dhleastanas a bhith:

- A' cumail ris an Stiùireadh air Cunntasan a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba, a' gabhail a-steach nan riatanasan cunntasachd agus foillseachaidh, agus a' cur an gnìomh poileasaidhean cunntasachd freagarrach air stèidh chunbhalach;
- A' toirt bhreithean agus tuairmsean air stèidh reusanta;
- Ag ràdh an deach inbhean cunntasachd ionmhasail, mar a thathar a' cur an cèill ann an Leabhar-làimhe an Riaghaltais air Aithriseadh Ionmhasail, a leantail, agus a bhith a' leigeil ris agus a' mìneachadh eadar-dhealachaidhean sam bith a tha susbainteach anns na cunntasan;
- Ag ullachadh nan cunntasan leis an tuigse gun cùm a' bhuidheann a' dol.

Tha an Rùnaire Maireannach is Prìomh Oifigeir Chunntachail aig Riaghaltas na h-Alba air Ceannard Coimisean Fearainn na h-Alba a chur an dreuchd mar Oifigeir Chunntachail.

Aithris leis an Oifigear Chunntachail

Mar Oifigear Cunntachail, tha uallach orm airson riaghailteachd is iomchaidheachd nan ionmhasan poblach ris a bheil mi a' freagairt, airson clàran iomchaidh a chumail agus airson stòrasan Coimisean Fearainn na h-Alba a dhìon, mar a chaidh a chur an cèill anns a' Mheòrachan gu Oifigearan Cunntachail airson Pàrtean de Rianachd na h-Alba, a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba.

A' Foillseachadh Fiosrachadh dhan Luchd-sgrùdaidh

Mar Oifigear Cunntachail, cho fad 's as aithne dhomh, chan eil fiosrachadh sam bith buntainneach ri sgrùdadh air a bheil neach-sgrùdaidh Coimisean Fearainn na h-Alba aineolach. Tha mi air a h-uile ceum reusanta a ghabhail air chor 's gum bithinn fhìn eòlach air an fhiosrachadh air fad a tha buntainneach ri sgrùdadh agus gum faodainn dèanamh cinnteach gu bheil neach-sgrùdaidh Coimisean Fearainn na h-Alba eòlach air an fhiosrachadh.

Deimhinneachadh an Oifigeir Chunntachail air an Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan

Mar Oifigear Cunntachail, tha mi a' deimhinneachadh gu bheil an aithisg bhliadhnail agus cunntasan san fharsaingeachd cothromach, cothromaichte agus so-thuigsinn, agus tha mi gu pearsanta a' gabhail uallach airson na h-aithisg bliadhnail agus cunntasan agus nam breithneachaidhean a tha riatanach airson deimhinneachadh gu bheil iad cothromach, cothromaichte agus so-thuigsinn.

Aithris air Riaghladh

Cùl-fhiosrachadh

Tha an Aithris air Riaghladh a' clàradh stiùbhardachd Coimisean Fearainn na h-Alba agus a' cur ris na cunntasan bliadhnail. Tha an aithris seo cuideachd a' tarraing ri chèile aithrisean agus fianais air riaghladh agus air rianachd is smachd chunnairt gus uidheam aithris a libhrigeadh a tha cunbhalach agus co-chòrdail.

Ìre nan Dleastanasan

Mar Oifigear Cunntachail, tha uallach orm airson siostam earbsach de dh'in-smachd a chumail a tha a' toirt taic do choileanadh poileasaidhean, cuimsean is amasan na buidhne, a chaidh a chur an cèill le Ministearan na h-Alba, fhad 's a thathar a' dìon nam maoinean is stòrasan poblach air a bheil mi fhìn cunntachail gu pearsanta, ann an co-rèir ris na dleastanasan a dh'fhoillsicheadh ann am Meòrachan an Oifigeir Chunntachail.

Ann an coileanadh mo dhleastanasan pearsanta, tha mi a' dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidheann a' gèilleadh ris an Leabhar-làimhe air Ionmhas Poblach na h-Alba (SPFM). Bidh Ministearan na h-Alba a' foillseachadh an SPFM gus stiùireadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus do bhuidhnean ceangailte eile air làimhseachadh is aithris iomchaidh airson nam maoinean poblach. Tha e a' cur an cèill nan riastanasan reachdail, pàrlamaideach agus rianachd buntainneach, agus tha e a' cur cuideam air èifeachdas, buadhachd agus caomhantachd, agus tha e a' brosnachadh deagh mhodhan-obrach agus inbhean àrda a thaobh iomchaidheachd.

Frèam Riaghlaidh

Am Bòrd

Tha an Cathraiche air ceann Bòrd nan Coimiseanairean agus tha an Ceannard air ceann stiùireadh rianachd Coimisean Fearainn na h-Alba.

Air a' Bhòrd tha sianar Choimiseanairean; tha còignear dhiubh nan Coimiseanairean Fearainn agus tha aon dhiubh na Choimiseanair Tuathanachas Màil. Chaidh iad uile a chur an dreuchd le Ministearan na h-Alba.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh air na Coimiseanairean air [taobh-duilleig 20](#).

Bòrd nan Coimiseanairean ann an 2021-22

Coimiseanair	Suidheachadh air a' Bhòrd	An làthair aig Coinneamhan Bùird rè 2021-22
Andrew Thin	Cathraiche	7/8
Megan MacInnes	Coimiseanair	8/8
An t-Àrd-ollamh David Adams	Coimiseanair	6/8
An Dr Bob McIntosh	Coimiseanair Tuathanachas Màil	5/8
An Dr Sally Reynolds	Coimiseanair	8/8
Lorne MacLeod	Coimiseanair	8/8

Is e dreuchd a' Bhùird a bhith a' toirt seachad ceannardas ro-innleachdail airson na buidhne, a' cur an cèill stiùireadh air poileasaidh, a' gabhail a-steach cruthachadh plana ro-innleachdail agus prògram na h-obrach ri bhith air an aontachadh le Ministearan na h-Alba. Tha iad cuideachd a' sgrùdadh coileanadh na buidhne, agus tha an Ceannard cunntachail ris a' Bhòrd airson a' choileanadh sin.

Rè na bliadhna 2021-22, bha am Bòrd a' cur cuideim air:

- Tar-shealladh air libhrigeadh a' phlana ro-innleachdail agus prògram na h-obrach
- Dèanamh conaltradh farsaing le com-pàirtichean agus leis a' phoball, a' gabhail a-steach coinneamhan poblach bhiortail cunbhalach air feadh Alba
- Cumail sùil air coileanadh gach ràith, a' dèiligeadh ri coileanadh a thaobh libhrigeadh, ionmhas, cunnartan agus riaghladh
- Leasachadh agus trèanadh airson Buill a' Bhùird.

Tha am Bòrd a' faighinn taic bho Chomataidh Sgrùdadh agus Cunnartan gus sùil a chumail air sgrùdadh chunntasan taobh a-staigh agus sgrùdadh chunntasan taobh a-muigh agus air coileanadh a thaobh ionmhasan, cunnartan agus riaghladh, agus le Comataidh Luchd-obrach agus Ìocadh.

Tha am Bòrd an geall air inbhean àrda de riaghladh corporra, agus is e beachd a' Bhùird gum bi structar earbsach de riaghladh a' cruthachadh buidheann a tha soirbheachail.

Gheibhear gnàth-riaghailtean a' Bhùird bho làrach-lìn a' Choimisein: www.landcommission.gov.scot.

Comataidh Sgrùdadh agus Cunnartan

Mar ìos-mheud, bidh am Bòrd a' cur an dreuchd co-dhiù dithis Choimiseanairean air Comataidh Sgrùdadh agus Cunnartan. Leis gu bheil a' bhuidheann agus am Bòrd gu math beag a thaobh meud, chaidh ball bho thaobh a-muigh a cho-thaghadh air Comataidh Sgrùdadh agus Cunnartan air chor 's gun dèanar cinnteach gu bheil barrachd ealantas ann agus sgrùdadh èifeachdach. Choinnich a' Chomataidh seo ceithir tursan rè na bliadhna 2021-22.

Buill de Chomataidh Sgrùdadh agus Cunnartan rè 2021-22

Ball Comataidh	Suidheachadh air a' Chomataidh	An làthair aig Coinneamhan Comataidh rè 2021-22
Lorne MacLeod	Cathraiche (Coimiseanair)	4/4
Megan MacInnes	Ball (Coimiseanair)	4/4
Yvonne McIntosh*	Ball (Co-thaghte)	4/4

* Chaidh a co-thaghadh air 26/06/2017; Ceann-latha nuair a tha an dreuchd gu bhith a' tighinn gu crìch/ion-roghnach airson ath-ùrachadh 26/06/2022.

Is àbhaist gum bi na sgrùdairean taobh a-muigh is taobh a-staigh an làthair aig gach coinneamh de Chomataidh Sgrùdadh agus Cunnartan. Thathar a' toirt a' chothruim dhaibh a bhruidhinn gu neo-fhoirmeil ri buill na Comataidh. Is e adhbhar na Comataidh Sgrùdadh agus Cunnartan sùil a chumail, agus ath-bhreithneachadh, air cunnartan, smachd agus riaghladh corporra. Bidh a' Chomataidh ag obrachadh gu neo-eisimeileach agus bidh i a' toirt cunntas dhan Bhòrd.

Gheibhear na cumhachan iomraidh airson Comataidh Sgrùdadh agus Cunnartan air làrach-lìn a' Choimisein www.landcommission.gov.scot.

Comataidh Luchd-obrach agus Tuarastail

Bidh comataidh Luchd-obrach agus Ìacadh a' cumail sùil air na siostaman ìocaidh a chaidh a chur an sàs airson a' Choimisein, a' gabhail a-steach sgrùdadh bliadhnail air pàigheadh cho math ri fastaidhean aig àrd-ìre. Tha Comataidh Luchd-obrach agus Ìacadh na comataidh aig a' Choimisean. 'S iad buill Comataidh Luchd-obrach agus Ìacadh Bòrd nan Coimiseanairean le Cathraiche Coimisean an Fhearainn mar chathraiche. Choinnich a' Chomataidh seo trì tursan rè na bliadhna 2021-22.

Buill de Chomataidh Comataidh Luchd-obrach agus Ìacadh rè 2021-22

Ball Comataidh	Suidheachadh air a' Chomataidh	An làthair aig Coinneamhan Comataidh rè 2021-22
Andrew Thin	Cathraiche	3/3
Megan MacInnes	Coimiseanair	3/3
An t-Àrd-ollamh David Adams	Coimiseanair	1/3
An Dr Bob McIntosh	Coimiseanair Tuathanachas Màil	2/3
An Dr Sally Reynolds	Coimiseanair	3/3
Lorne MacLeod	Coimiseanair	3/3

Àrd-sgioba Stiùiridh 2021-22

- Hamish Trench, (Àrd-oifigeir agus Oifigear Cunntachail)
- Shona Glenn (Ceannard Poileasaidh is Rannsachaidh) – ball den Àrd-sgioba Stiùiridh gu 14/01/22
- Posy MacRae (Ceann Conaltraidh agus Sheirbheisean Corporra)
- Emma Cooper (Ceann Còraichean is Dleastanasan Fearainn).

Gheibhear barrachd fiosrachaidh air an Àrd-sgioba Stiùiridh air [taobh-duilleig 21](#).

Tha an t-Àrd-sgioba Stiùiridh a' coinneachadh gu cunbhalach gus stiùireadh obrachaidh a cho-òrdanachadh. Tha an t-Àrd-sgioba Stiùiridh an geall air inbhean àrda de riaghladh corporra agus tha iad a' toirt a' cheannardais, stiùireadh ro-innleachdail agus àrainneachd smachd a tha a dhith gus prìomh amasan Coimisean Fearainn na h-Alba a libhrigeadh.

Frèam-obrach Chunnartan agus Smachd

Feumaidh a h-uile buidheann a tha tighinn fo riatanasan Leabhar-làimhe air Ionmhas Poblach na h-Alba (SPFM) ro-innleachd rianachd chunnairt a chur an gnìomh ann an co-rèir ris an stiùireadh iomchaidh a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba.

Tha an dòigh-obrach airson chunnartan agus smachd stèidhichte air pròiseas leantainneach a chaidh a dhealbhadh air chor 's gum faod na prìomh chunnartan gu coileanadh poileasaidhean, cuimsean is amasan Coimisean Fearainn na h-Alba a chomharrachadh; gum faod nàdar agus farsaingeachd nan cunnartan sin a mheasadh; agus gum faod iad a bhith air am manaidseadh le èifeachdas, caomhantachd agus comas.

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' cumail Clàr-chunnairt Ro-innleachdail, a bhios a' clàradh chunnartan taobh a-staigh agus taobh a-muigh agus a bhios a' comharrachadh nan gnìomhan maothachaidh a tha a dhith gus an coltas gun tig na cunnartan sin gu buil a lùghdachadh agus gus a' bhuidheann a thigeadh bhuaipa ìsleachadh. Tha an Clàr-chunnairt Ro-innleachdail air ath-ùrachadh is ath-sgrùdadh gu cunbhalach mar ghnàth-chuspair air a' chlàr-ghnothaich gach cuid leis an Àrd-sgioba Stiùiridh agus le Comataidh Sgrùdadh agus Cunnartan. Bithear a' toirt gach cunnart fa leth gu sealbhadair, a bhios a' dèanamh cinnteach gun dèanar na gnìomhan maothachaidh. Bidh am Bòrd a' beachdachadh air a' Chlàr-chunnairt gach ràith.

Gabhaidh na prìomh chunnartan a chaidh a chomharrachadh rè na bliadhna gu 31 Màrt 2022 a sheòrsachadh fo ceithir prìomh chinn-sgrìobhaidh:

Libhrigeadh

- Cunnart gum fulaingear call iomlan de shiostaman agus mar thoradh air sin nach b' urrainn dhan Choimisean obrachadh mar bhuidheann
- Cunnart nach urrainn dhan Choimisean freagairt gu luath gus goireasan a riarachadh a rèir atharrachaidhean prìomhachais.

Cliù

- Cunnart cliù, a thaobh dèanamh poileasaidh agus rianachd dhàimhean, gum faicear modh-obrach ais-ghnìomhach mar fhreagairt ri cùisean a tha ag èirigh
- Cunnart gum bi neo-chunbhalachd ann an co-cheangal toraidhean a' Choimisein ann an dòigh-aithris shoilleir agus gan ceangal ris a' chlàr-ghnothaich nas fharsainge air ath-leasachadh an fhearainn
- Cunnart gun tèid dàimhean làidir le prìomh luchd-ùidh a riaghladh gu neo-èifeachdach ann an leasachadh poileasaidh agus ann a bhith a' comharrachadh chothroman airson co-obrachadh, a' lughdachadh comas nan dàimhean le diofar luchd-ùidh
- Cunnart gum bi rianachd dhàimhean neo-èifeachdach thar Riaghaltas na h-Alba agus, mar thoradh air sin, nach bi obair a' Choimisean air a thuigsinn gu math agus nach faigh a mholaidhean gabhail riutha.

Gèilleadh

- Cunnart nach tèid aig a' Choimisean poileasaidhean riaghlaidh chorporra, reachdail no neo-reachdail, a chur air dòigh no a chur an gnìomh
- Cunnart nach tèid aig a' Choimisean a libhrigeadh a rèir a' bhuidseit a chaidh a riarachadh dha, agus mar thoradh air seo gu bheil fàilneachadh a thaobh cliù, rianachd agus riaghladh.

Luchd-obrach

- Cunnart gu bheil luchd-obrach neo-làthaireach air sgàth tinneis is msaa, agus mar thoradh air seo gu bheil call comais ann airson eileamaidean a tha riatanach airson nan siostaman gnothachais agus libhrigeadh
- Cunnart gu bheil atharrachaidhean ann am prìomhachasan obrach, dùilean neo-chòrdail no dìth prìomhachaidh a' toirt droch bhuaidh air fallaineachd an luchd-obrach.
- Cunnart gum bi briseadh air siostaman libhrigidh agus gnìomhachais mar thoradh air cuid de luchd-obrach a' gluasad gu roghainnean nas maireannaiche a thaobh obair san dachaigh.

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' leantainn poileasaidh Riaghaltas na h-Alba air Tèarainteachd Fiosrachaidh, agus tha Àrd-shealbhadair Cunnart Fiosrachaidh ann an àite gus cunnart fiosrachaidh a stiùireadh.

Tha na modhan-obrach airson cunnart agus smachd air an cur an gnìomh taobh a-staigh Coimisean Fearainn na h-Alba a' co-chòrdadh ris an stiùireadh anns an SPFM agus bha iad ann an sàs airson na bliadhna a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2022 agus gu ruige an latha nuair a fhuair aonta airson na h-aithisg bhliadhnail agus cunntasan.

Rè na bliadhna agus gu ruige an latha nuair a chaidh na cunntasan a shoidhneachadh, bha na rianan riaghlaidh a leanas an sàs:

- Poileasaidh air Innsireachd
- Poileasaidh an aghaidh Foill
- Stiùireadh-deasg air Ionmhas, air ath-ùrachadh.

Bithear a' leantainn oirnn lèirmheas a dhèanamh air an t-siostam in-smachd air chor 's gun dèanar cinnteach gum bi seo a' sìor-thoirt misneachadh èifeachdach fhad 's a tha a' bhuidheann a' fàs agus a' leasachadh.

Feabhas Luach

Le bhith a' leantainn prionnsapalan agus stiùireadh cleachdaidh as fheàrr air feadh na buidhne, tha Frèam-riaghlaidh a' Choimisein a' dèanamh cinnteach gun cùm sinn oirnn a' faighinn luach as fheàrr san obair againn agus ann a bhith a' cur sheirbheisean is chùmhachdan air dòigh. Mar eisimpleir, tha an Coimisean air an rèiteachaidhean seirbheis co-roinnte le Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh ùrachadh airson solar HR fad dà bhliadhna eile bho 2021-22.

Modhan-obrach airson Strì eadar Com-pàirtean

Tha modhan-obrach aig Coimisean Fearainn na h-Alba, a tha teann agus uile-chùiseach, a bhios a' dèiligeadh ri strì sam bith a b' urrainnear èirigh eadar com-pàirtean. Thathar a' cumail clàr hom-pàirtean, an dà chuid airson Coimiseanairean agus luchd-obrach, agus thèid ath-ùrachadh gach bliadhna. Faodaidh am poball an clàr a sgrùdadh, agus thathar a' foillseachadh an fhiosrachaidh bho na Coimiseanairean air làrach-lìn Coimisean Fearainn na h-Alba.

Bidh Coimiseanairean a' clàradh strì sam bith a b' urrainnear èirigh aig toiseach gach coinneamh bùird aig a' Choimisean, agus, far a bheil e freagarrach, nì iad fhèin neo-làthaireach airson cho-dhùnidhean air cùis sam bith anns a bheil com-pàirt aca. Thèid na com-pàirtean seo a chlàradh sna gearr-chunntasan.

Sgrùdadh bhon taobh a-muigh

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air Sgrùdadh Alba a chur an dreuchd mar an neach-sgrùdaidh chunntasan bho thaobh a-muigh airson ceithir bliadhna bho 1 Giblean 2017. Mar thoradh air an aimhreith mhòr a tha an galar lèir-sgaoilte Covid-19 air adhbharachadh airson buidhnean poblach agus an comas a th' aca airson aithris ionmhasail a dhèanamh, agus airson luchd-sgrùdaidh na roinne poblaich, tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba agus Coimisean nan Cunntasan airson Alba air na dreuchdan sgrùdaidh làithreach a leudachadh fad bhliadhna gu sgrùdadh na bliadhna 2021-22.

In-sgrùdadh

Tha in-sgrùdadh na phàirt bhunaiteach den t-siostam in-smachd. Airson na bliadhna ionmhasail 2021-22, chaidh seirbheis sgrùdadh chunntasan taobh a-staigh a sholarachadh le BDO LLP, a ghabh obair os làimh stèidhichte air anailis de na cunnartan mu choinneimh a' Choimisein. Rinn BDO LLP sgrùdadh is measadh air na pròiseasan ann an 2021-22 aig Coimisean Fearainn na h-Alba anns na raointean a leanas:

- Planadh Leantainneachd Gnìomhachais
- Sunnd an luchd-obrach
- Riaghladh Càileachd
- Pròiseasan Ionmhais – Pàighidhean
- Mar a chaidh molaidhean a thoirt air adhart.

Tha na co-dhùnaidhean bhon in-sgrùdadh gan taisbeanadh ann an aithisgean rè na bliadhna chun an Àrd-sgioba Stiùiridh agus gu Comataidh Sgrùdadh is Cunnartan. Anns na h-aithisgean seo, bidh beachd air iomchaidheachd agus èifeachdas an t-siostaim in-smachd, còmhla ri molaidhean airson leasachaidhean.

Rinneadh trì molaidhean deug uile gu lèir tron bhliadhna, bho ìre cunnairt mheadhanach gu ìre cunnairt ìosal. Cha deach moladh sam bith a dhèanamh aig ìre cunnairt àrd.

Gach bliadhna, bidh an solaraidhe in-sgrùdaidh a' foillseachadh aithisg bhliadhnail anns am bi beachd air an t-siostam in-smachd. A rèir toraidhean an lèirmheis air rianachd chunnairt, riaghladh agus pròiseasan in-smachd a' Choimisein, tha barantas reusanta aig a' Choimisean nach eil laigsean mòra ann an siostaman in-smachd airson nan raointean air an do rinneadh lèirmheas ann an 2021-22.

Anns an aithisg bhliadhnail aca, thuirt In-sgrùdadh gu bheil Coimisean Fearainn na h-Alba air deagh adhartas a dhèanamh ann a bhith a' buileachadh nam molaidhean a rinneadh agus chaidh an ìre làidir de dhealas agus de dh'obair ann a bhith a' buileachadh molaidhean bho aithisgean sgrùdaidh roimhe a chomharrachadh. Bho na 19 molaidhean a tha ri coileanadh, tha 11 de na molaidhean (46%) air an comharrachadh mar air an cur an gnìomh gu h-iomlan, agus chaidh 6 (25%) a chomharrachadh mar air an cur an gnìomh gu ìre. Tha còig molaidhean a bharrachd nach eil rin cur an gnìomh fhathast.

Dàta agus Rianachd Fiosrachaidh

Tha modhan-obrach an sàs air chor 's gun dèanar cinnteach gu bheil a' gèilleadh ri dleastanasan dàta agus rianachd fiosrachaidh. Cha robh call dàta no briseadh dàta air a chlàradh no air aithris leis a' Choimisean rè na bliadhna. Tha an Coimisean air ceumannan a ghabhail a dhèanamh cinnteach gu bheil a' gèilleadh ri dleastanasan GDPR. Tha Oifigear Dìon Dàta sònraichte aig a' Choimisean a bharrachd air Sealbhadairean Stòras Fiosrachaidh sònraichte agus Àrd-shealbhadair Cunnart Fiosrachaidh.

Tha barrachd cunnart air a bhith a thaobh tèarainteachd shaidhbear, co-cheangailte ri obrachadh bhon taigh, àrainneachd obrach troimhe a chèile agus còmhstri eadar-nàiseanta. Tha an Coimisean ag aithneachadh cho cudromach 's a tha seasmhachd-saidhbear agus tha e air a bhith a' leantainn air ag obair còmhla ri Riaghaltas na h-Alba air chor 's gun dèanar cinnteach gu bheil na teicneòlasan didseatach againn ann an co-rèir ri Plana-ghnìomh an Raoin Phoblaich airson seasmhachd-saidhbear. Dh'ùraich Coimisean Fearainn na h-Alba a theisteanas Cyber Essentials agus tha fhuaireadh e inbhe Cyber Essentials Plus. Rinn an Coimisean trèanadh do luchd-obrach a-rithist agus ruith e eacarsaichean air cho cudromach 's a tha e a bhith furachail a thaobh ionnsaighean phishing agus a bhith a' dèanamh planadh shuidheachaidhean airson brisidhean a dh'fhaodadh a bhith ann.

Cùisean ana-coirbteachd is ana-bhrìbeireachd

Tha Poileasaidh an aghaidh Foill aig a' Choimisean, agus cha d' fhuair aithris sam bith de dh'fhoill no de choirbteachd.

Cùisean Riaghlaidh Susbainteach

Rè 2021-22, cha robh cùisean riaghlaidh susbainteach ann ri aithris.

Fòcas Airson Riaghladh A' Coimhead Air Adhart

A' dol air adhart, bidh na prìomh dhùbhlain riaghlaidh co-cheangailte ri bhith a' libhrigeadh bhùilean ann an co-theacsa ath-bheothachadh eaconamach na h-Alba às dèidh galar lèir-sgaoilte Covid-19 agus bi seo a' gabhail a-steach:

- A' coileanadh libhrigeadh Prògram Obrach Coimisean Fearainn na h-Alba agus a' cur ri ath-shlànachadh h-Alba tro Phlana Ro-innleachdail ùr
- A' stèidheachadh dhòighean obrach ùra gus cuideachadh le bhith a' libhrigeadh gheallaidhean a thaobh na gnàth-shìde agus a' cruthachadh àrainneachd obrach shùbailte do luchd-obrach agus sinn a' tighinn a-mach às a' ghalair lèir-sgaoilte agus a' gluasad air ais gu coinneamhan pearsanta
- A' libhrigeadh prògram leasachaidh buidhne a bheir buaidh air an t-seòrsa buidhne a tha sinn ag iarraidh a bhith againn san àm ri teachd, le fòcas air dòighean-obrach agus trèanadh is leasachadh
- A' dèanamh barrachd obair leasachaidh air an sgeama tiomnadh ùghdarras gus dèanamh cinnteach gun obraich Coimisean Fearainn na h-Alba agus e a' fàs mar bhuidheann, ann an dòigh èifeachdach
- Leasachadh leantainneach air dòigh-obrach stiùireadh phròiseict a' gabhail a-steach aithris air libhrigeadh, modal measaidh agus fiosrachadh stiùireadh coileanaidh a' gabhail a-steach prìomh chomharran coileanaidh
- Prògram leantainneach de thrèanadh is leasachadh airson Coimiseanairean stèidhichte air riatanasan sgìlean is leasachaidhean
- A' dèanamh cinnteach gum bi gluasad rèidh ann an gluasadan oifis agus a bhith a' lughdachadh na buaidh air libhrigeadh
- A' dèanamh cinnteach gu bheil Fòram Com-pàirteachaidh an Luchd-obrach agus an Comataidh Luchd-obrach agus Tuarastail air an riaghladh gu math agus iad a' cur ri leasachadh na buidhne.

Barantasan Stiùiridh

Tha lèirmheas an Oifigeir Chunntachail, air èifeachdas an t-siostaim in-smachd agus nan rianan airson rianachd chunnairt, air fiosrachadh le:

1. Litir barantais le taic bho làn liosta-dhearbhaidh air in-smachd, aontaichte le Cinn Seirbheise, a' comharrachadh smachdan agus, far a bheil e iomchaidh, a' toirt fa-near cùisean iomagain
2. Obair nan in-sgrùdairean, a' gabhail a-steach aithisgean rè na bliadhna chun na Comataidh Sgrùdadh agus Cunnartan aig Coimisean Fearainn na h-Alba (a' gabhail a-steach a' bheachd aca, a tha neo-eisimeileach agus neo-phàirteach, air iomchaidheachd agus èifeachdas an t-siostaim in-smachd aig a' Choimisean, còmhla ri molaidhean airson leasachaidh)
3. Beachdan bhon luchd-sgrùdadh air an taobh a-muigh anns na h-aithisgean aca
4. Aithisg bhliadhnail agus ùrachaidhean ràitheil chun a' Bhùird bho Chathraiche na Comataidh Sgrùdadh agus Cunnartan a' toirt seachad mion-fhiosrachaidh air obair na comataidh sin rè na bliadhna
5. Lèirmheasan gach ràith bhon Chomataidh Sgrùdadh agus Cunnartan air clàr-chunnairt na buidhne agus air obair nan in-sgrùdairean a' measadh èifeachdas nan rianan airson rianachd chunnairt
6. Litrichean dearbhaidh bho Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a bheir seachad seirbheis HR co-roinnte do Choimisean Fearainn na h-Alba.

Co-dhùnadh

Stèidhichte air na tùsan barantais ainmichte gu h-àrd, agus air sgrùdadh leantainneach air cleachdaidhean riaghlaidh corporra a rèir phrionnsapalan is stiùireadh a thaobh deagh chleachdadh, tha mi riaraichte gu bheil smachdan riaghlaidh iomchaidh an sàs agus gu bheil iad ag obrachadh gu h-èifeachdach. Feumar am frèam-obrach airson smachdan a leasachadh barrachd mar a tha a' bhuidheann a' fàs, air chor 's gun dèanar cinnteach gu bheil e co-rèireach agus èifeachdach.

Aithisg air Tuarastalan is Luchd-obrach

Tha an Aithisg Tuarastal is Luchd-obrach le ùmhlachd do sgrùdadh ach a-mhàin am Poileasaidh Tuarastail, Nòta Gnè, Dàta mu Làithean dheth Tinn, poileasaidhean luchd-obrach a thaobh Co-ionannachd Chothroman, Ciorram agus Iomadachd, Cothromachd aig an Obair, agus Poileasaidhean Ionnsachaidh is Leasachaidh, a tha air an ath-sgrùdadh le Sgrùdadh Alba airson cunbhalachd leis na cunntasan sgrùdaichte.

Poileasaidh air Ìocadh

Buill a' Bhùird

Tha sianar Choimiseanairean air Bòrd Coimisean Fearainn na h-Alba. Tha tuarastal nan Coimiseanairean ùghdarraichte le Ministearan na h-Alba agus air a dhearbhadh a rèir Poileasaidh air Pàigheadh san Roinn Phoblaich airson Dreuchdan Àrda (gheibhear barrachd fiosrachaidh aig www.scotland.gov.uk/publications).

An-dràsta, chan eil dreuchdan Buill a' Bhùird ion-pheinnsean. Chaidh na buill Bùird làithreach uile fhasadh bho 19 Dùbhlachd 2016. Chaidh ceathrar bhall fhasadh air teirmichean còig bliadhna (Andrew Thin, Cathraiche; an Dr Bob McIntosh, Coimiseanair Tuathanachas Màil; an Dr Sally Reynolds, agus Lorne Macleod, Coimiseanairean Fearainn) agus chaidh dithis bhall fhasadh airson teirmichean ceithir bliadhna (Megan MacInnes agus an t-Àrd-ollamh David Adams, Coimiseanairean Fearainn). Chaidh Megan MacInnes agus an t-Àrd-ollamh David Adams ath-fhasadh bho 19 Dùbhlachd le Riaghaltas na h-Alba airson trì bliadhna a bharrachd. Chaidh Lorne MacLeod, an Dr Bob McIntosh agus an Dr Sally Reynolds ath-shuidheachadh bho 19 Dùbhlachd 2021 airson trì bliadhna eile agus chaidh Anndra Thin ath-shuidheachadh bho 19 Dùbhlachd 2021 airson dà bhliadhna eile.

Luchd-obrach

Tha a h-uile neach-obrach, maireannach agus teirm-shuidhichte, air fhasadh le Coimisean Fearainn na h-Alba. Airson 2021-22 tha an Coimisean air gabhail ri ìrean agus poileasaidhean pàighidh Riaghaltas na h-Alba gus ìrean tuarastail a riarachadh agus ath-sgrùdadh leis a' Chomataidh Luchd-obrach agus Ìocadh a' gabhail ris an raon-pàighidh bliadhnail a thathar a' moladh a rèir poileasaidh pàighidh Riaghaltas na h-Alba. Tha ìre tuarastail dreuchd a' Cheannard air leth bho seo agus i a' tighinn fo phoileasaidh pàighidh ionmhais Riaghaltas na h-Alba. Thathar ag aithneachadh gum feum pàigheadh a bhith aig ìre a chuidicheas fastadh, glèidheadh agus brosnachadh luchd-obrach. Thathar cuideachd ag aithneachadh poileasaidhean an Riaghaltais air pàigheadh san t-Seirbheis Chatharra is san raon phoblach agus gum feumar cumail ri smachdan air caiteachas poblach. Thathar a' cumail sùil air coileanadh an luchd-obrach tro shiostam measadh coileanaidh.

Comataidh Sgrùdadh agus Cunnartan

Air a' Chomataidh Sgrùdadh agus Cunnartan aig Coimisean Fearainn na h-Alba, tha dithis Choimiseanairean agus aon bhall co-thaghte bho bhuidheann air an taobh a-muigh. Chan eil am ball co-thaghte a' faighinn tuarastal sam bith agus mar sin chan eilear ga ghabhail a-steach anns an aithris a leanas.

Ìocadh a' Bhùird

Bha ìocadh ri phàigheadh ris na Coimiseanairean mar a leanas

Coimiseanairean a bha ann an dreuchd ann an 2021-22	2021-22 (£)	2020-21 (£)
Andrew Thin (Cathraiche)	13,133	13,003
Megan MacInnes (Coimiseanair Fearainn)	5,392	6,084*
An t-Àrd-ollamh David Adams (Coimiseanair Fearainn)	5,243	5,191
An Dr Bob McIntosh (Coimiseanair Tuathanachas Màil)	20,972	20,765
An Dr Sally Reynolds (Coimiseanair Fearainn)	5,243	5,191
Lorne MacLeod (Coimiseanair Fearainn)	5,243	5,191

Chan eil dreuchdan Coimiseanair ion-pheinnsean.

*Tha pàigheadh airson shochairan neo-ionmhasail de £148.80 uile gu lèir air a ghabhail a-steach anns an ìocadh shuas airson Megan MacInnes a thugadh rè na bliadhna (2020-21: £892.80).

Tha Cathraiche Coimisean Fearainn na h-Alba an geall ri ceithir làithean gach mìos.

Tha Coimiseanair Tuathanachas Màil an geall ri ochd làithean gach mìos.

Tha Coimiseanairean Fearainn an geall ri dà latha gach mìos.

Chaidh na Coimiseanairean uile a chur an dreuchd bho 19 Dùbhlachd 2016 (chaidh Megan MacInnes agus an t-Ollamh David Adams ath-fhastadh air 19 Dùbhlachd 2020 agus chaidh Andrew Thin, Dr Bob McIntosh, an Dr Sally Reynolds agus Lorne MacLeod ath-fhastadh air 19 Dùbhlachd 2021).

Tuarastal airson Àrd-oifigearan

Tha an earrann a leanas a' toirt seachad fiosrachaidh air ìocadh agus com-pàirtean peinnsein nan àrd-oifigearan aig Coimisean Fearainn na h-Alba

	Tuarastal		Sochairan peinnsein		Iomlan	
	£000		£000		£000	
	2021-22	2020-21	2021-22	2020-21	2021-22	2020-21
Àrd-oifigear						
Hamish Trench	75-80	75-80	36	38	110-115	110-115
Àrd-sgioba Stiùiridh						
Posy MacRae* ¹ Co-ionann ri làn-ùine	45-50 (60-65)	45-50 (60-65)	20	20	65-70	65-70
Shona Glenn* ² Co-ionann ri làn-ùine	45-50 (60-65)	60-65 (60-65)	19	24	65-70	80-85
Emma Cooper Co-ionann ri làn-ùine	50-55 -	40-45 (45-50)	22	18	75-80	60-65

*¹Ag obair 0.8 FYE *²Thàinig a cosnadh leis a' Choimisean gu crìch air 14 Faoilleach 2022.

Tuarastal – A' gabhail a-steach làn-thuarastal, seach-thìim agus cuibhreann sam bith eile chun na h-ìre 's gu bheil e a' tighinn fo bhuidhe cisean na Rìoghachd Aonaichte. Tha an aithris seo stèidhichte air pàighidhean a tha ri phàigheadh ron tron bhliadhna le Coimisean Fearainn na h-Alba.

Sochairan neo-ionmhasail – cha tugadh sochairan neo-ionmhasail sam bith rè 2021-22 (2020-21: cha robh gin).

Frith-bhuannachdan – cha robh frith-bhuannachd sam bith ann rè 2021-22 (2020-21: cha robh gin).

Dìoladh airson call dreuchd

B' e an t-suim seo neoni airson 2021-22 (2020-21: neoni).

Rainnse pàighidh

Tha dleastanas air buidhnean aithriseidh a bhith a' foillseachadh na dàimh eadar ìocadh an neach-obrach leis an tuarastal as àirde agus an ìocadh meadhanail airson luchd-obrach na buidhne, cho math ri figearan airson na ceathramhail àrd agus na ceathramhail ìosal aig luchd-obrach na buidhne. Airson Coimisean Fearainn na h-Alba, bha am bann ìocaidh aig an neach-obrach leis an tuarastal as àirde anns a' bhliadhna ionmhasail 2021-22 eadar £75k is £80k (2020-21: £70-75k). £75-£80k).

	2021-22 tuarastalan £	2021-22 co-mheas leis an neach-obrach leis an tuarastal as àirde	2020-21 tuarastalan £	2020-21 co-mheas leis an neach-obrach leis an tuarastal as àirde
A' cheathramhail ìosal	29,245	2.65	29,190	2.66
Cuibheas meadhanach	32,780	2.36	35,110	2.21
A' cheathramhail àrd	46,606	1.66	49,262	1.57

Ann an 2021-22, cha d'fhuair neach-obrach sam bith ìocadh nas àirde na an Ceannard. Bha tuarastalan eadar £20,692 agus £61,017 (gun a bhith a' gabhail a-steach an Àrd-oifigeir)(2020-21: £21,482 gu £58,653). £22,232 gu £60,413).

Bha atharrachadh 2.51% san ìre tuarastail iomlaid den neach-obrach leis an tuarastal as àirde ann an 2021-22. B' e an t-atharrachadh cuibheasach sa cheud de thuarastal an luchd-obrach bhon bhliadhna ionmhasail roimhe -5.4%. Tha an lùghdachadh seo mar thoradh air atharrachadh ann an structar an sgioba-stiùiridh ([faic taobh-duilleig 26](#)) ann an 2021-22 agus àrdachadh ann an àireamh an luchd-obrach. Fhuair an luchd-obrach iomchaidh uile àrdachadh pàighidh ann an 2021-22 a bha a rèir poileasaidh pàighidh Riaghaltas na h-Alba.

Sochairean Peinnsein

	Peinnsein tàrmaichte aig aois a' pheinnsein mar a bha e air 31/03/22 agus cnap-shuim a bhuineas ris		Àrdachadh fìor ann am peinnsein agus cnap-shuim a bhuineas ris aig aois a' pheinnsein		CETV* air 31/03/22	CETV air 31/03/21	Àrdachadh fìor ann an CETV mar a tha maoinichte le fastaidhear
	£000	£000	£000	£000	£000	£000	£000
	Peinnsein	Cnap-shuim	Peinnsein	Cnap-shuim			
Àrd-oifigeir							
Hamish Trench	25-30	-	0-2.5	-	326	291	16
Àrd-sgioba Stiùiridh							
Posy MacRae	5-10	-	0-2.5	-	51	39	8
Shona Glenn	5-10	-	0-2.5	-	57	45	7
Emma Cooper	0-5	-	0-2.5	-	21	9	9

*Tha CETV a' ciallachadh luach an airgid a gheibhear airson peinnsein a ghluasad ("Cash Equivalent Transfer Value"), agus faodar barrachd fiosrachaidh fhaotainn air [taobh-duilleig 35](#).

Peinnseanan na Seirbheis Catharra

Thathar a' toirt shochairan peinnsein tro rianan peinnsein na Seirbheis Catharra. Bho 1 Giblean 2015, chaidh sgeama peinnsein ùr airson seirbheisich chatharra a thoirt a-steach – Sgeama nan Seirbheiseach Catharra agus Eile, no alpha, a tha a' toirt shochairan peinnsein air stèidh cuibheasachd tuarastail, le aois a' pheinnsein gu h-àbhaisteach co-ionann ri Aois Peinnsean na Stàite airson a' bhuill (no 65 ma tha sin nas àirde). Bhon cheann-latha sin, ghabh a h-uile seirbheiseach catharra a bha ùr ann an dreuchd, agus a' mhòr-chuid dhiubhsan a bha mar-thà anns an t-seirbheis, ris an sgeama ùr alpha. Ron cheann-latha sin, bha seirbheisich chatharra a' gabhail pàirt ann am Prìomh Sgeama Peinnsein na Seirbheis Catharra (PCSPS). Tha ceithir roinnean ann am PCSPS: trì a tha a' toirt shochairan air stèidh an tuarastail dheireannaich (classic, premium no classic plus), le aois a' pheinnsein àbhaisteach de 60; agus aon a tha a' toirt shochairan air stèidh a' chùrsa-obrach iomlan (nuvos), le aois a' pheinnsein àbhaisteach de 65.

Tha na rianan reachdail seo neo-mhaoinichte, le cosgais nan sochairan air a pàigheadh le suimeannan airgid a tha Pàrlamaid a' bhòtadh gach bliadhna. Tha peinnseanan a tha rim pàigheadh fo classic, premium, classic plus, nuvos agus alpha air am meudachadh gach bliadhna ann an co-rèir ri reachdas air meudachadh pheinnseanan. Bha daoine a bha nam buill de PCSPS a bha 10 bliadhna taobh a-staigh aois a' pheinnsein àbhaisteach aca air 1 Giblean 2012 a' fantainn ann am PCSPS an dèidh 1 Giblean 2015. Bidh iadsan a bha eadar 10 bliadhna agus 13 bliadhnaichean is còig mìosan bhon aois a' pheinnsein àbhaisteach aca air 1 Giblean 2012 ag atharrachadh gu alpha uaireigin eadar 1 Ògmhios 2015 agus 1 Gearran 2022. Leis gu bheil an Riaghaltas an dùil cuir às do lethbhreith a dh'ainmich na cùirtean mun dòigh san deach ath-leasachaidhean peinnsein a thoirt a-steach airson cuid de bhuill, tha dùil, ri ùine, gum bi còir aig buill ion-roghnach le seirbheis iomchaidh eadar 1 Giblean 2015 agus 31 Màrt 2022 ri sochairan peinnsein eadar-dhealaichte a thaobh na h-ùine sin (agus dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air Luach an airgid a gheibhear airson peinnsean a ghluasad a chithear san aithisg seo - faic gu h-ìosal). Airson a h-uile ball a tha ag atharrachadh gu alpha, tha na sochairan PCSPS aca air am 'bancaicheadh', agus bi iadsan le sochairan nas tràithe ann an tè de na roinnean stèidhichte air tuarastal deireannach a' faighinn nan sochairan sin stèidhichte air an tuarastal dheireannach aca nuair a dh'fhàgas iad alpha. (Tha na figearan peinnsein airson oifigich a' sealltainn peinnsein a choisinn iad ann am PCSPS no alpha – mar a tha freagarrach. Far a bheil sochairan aig an oifigeach gach cuid ann an alpha agus ann am PCSPS, thathar ag aithris figear a tha a' riochdachadh luach co-mheasgaichte de na sochairan aca anns an dà sgeama.) Bhon Dàmhair 2002, dh'fhaodadh buill a tha a' tighinn a-steach dhan sgeama a bhith a' taghadh an dàrna cuid an ullachaidh iomchaidh a thaobh sgeama shochairan suidhichte no sgeama thabhartasan suidhichte (ceannach-airgid) le cuibhreann fastaidheir (cunntas peinnsein com-pàirteachais).

Tha cuibhreannan an ffastaidheir ceangailte ri tuarastal agus tha iad aig ìre eadar 4.6 sa cheud agus 8.05 sa cheud de chosnadh airson peinnsein de bhuill ann an classic, premium, classic plus, nuvos and alpha. Bidh sochairan ann an classic a' tàrmachadh aig ìre 1/80mh de chosnadh mu dheireadh airson peinnsein airson gach bliadhna de sheirbheis. Cuideachd, tha cnap-shuim a tha co-ionann ri trì bliadhna de pheinnsean an toiseach ri pàigheadh an dèidh dol air chluaineas. Airson premium, bidh sochairan a' tàrmachadh aig ìre 1/60mh den chosnadh mu dheireadh airson peinnsein airson gach bliadhna de sheirbheis. Eu-coltach ri classic, chan eil cnap-shuim ann gu fèin-obrachail. Tha classic plus an ìre mhath na mheasgachadh, le sochairan airson seirbheis ro 1 Dàmhair 2002 air an obrachadh a-mach ann am farsaingeachd mar a tha classic agus sochairan airson seirbheis bhon Dàmhair 2002 air an obrachadh a-mach mar a tha iad ann am premium. Ann an nuvos, bidh buill a' cur ri peinnsean air stèidh an tuarastail ion-pheinnsein ri linn ùine am ballrachd anns an sgeama. Aig deireadh bliadhna an sgeama (31 Màrt), tha cunntas peinnsein choisinn a' bhuill a' faighinn 2.3 sa cheud den chosnadh airson peinnsein aca sa bhliadhna sin den sgeama agus tha am peinnsean tàrmaichte ga àrdachadh a rèir an reachdais air àrdachadh peinnsein. Bidh sochairan ann an alpha a' fàs ann an car an aon dòigh ri nuvos, ach gu bheil ìre an tàrmachaidh aig 2.32 sa cheud. Anns gach suidheachadh, faodaidh gun cuir buill romhpa am peinnsean a thoirt suas agus cnap-shuim fhaotainn chun nan crìochan a shuidhich Achd an Ionmhais 2004.

Tha an cunntas peinnsein com-pàirteachais na ullachadh peinnsein le tabhartasan suidhichte a tha na phàirt den Legal & General Mastertrust. Bidh am fastaidheir a' cur a-steach eadar 8% agus 14.75% (a rèir aois a' bhuill). Chan fheum an neach-obrach cur ris, ach nuair a chuireas iad, bheir am fastaidheir an aon rud seachad gu ìre 3 sa cheud den tuarastal ion-pheinnsein (a bharrachd air cuibhreann bunaiteach an ffastaidheir). Bidh luchd-fastaidh cuideachd a' cur 0.5 sa cheud a bharrachd de thuarastal ion-pheinnsean gus cosgaisean a chòmhdach airson àrachas shochairan an aghaidh chunnartan, a thathar a' solarachadh bhon mheadhan (is e sin, bàs ann an seirbheis agus leigeil dreuchd seachad air sàilleibh droch shlàinte).

Is e am peinnean tàrmaichte a chithear an seo am peinnean air am bi am ball airidh nuair a ruigeas iad aois a' pheinnein, no nuair a sguireas iad de bhith nam ball den sgeama ma tha iad cheana aig aois a' pheinnein no nas sine. Is e 60 aois a' pheinnein airson buill ann an classic, premium agus classic plus, 65 airson buill ann an nuvos agus, airson buill ann an alpha, 65 no Aois Peinnean na Stàite ma tha sin nas àirde. (Tha na figearan peinnein airson oifigich a' sealltainn peinnein a choisinn iad ann am PCSPS no alpha – mar a tha freagarrach. Nuair a tha sochairean aig an oifigear gach cuid ann am PCSPS agus ann an alpha, is e an àireamh a bheirear luach nan sochairean san dà sgeama còmhla, ach thoir fa-near gur dòcha gum biodh pàirtean den pheinnean sin rim pàigheadh aig diofar aoisean.)

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu ullachaidhean peinnein na Seirbheise Catharra air an làraich-lìn www.civilservicepensionscheme.org.uk.

Luach an airgid a gheibhear airson peinnean a ghluasad (CETV)

Is e a tha ann an Luach an airgid a gheibhear airson peinnean a ghluasad (CETV) luach aithnichte nan sochairean ann an sgeama peinnein a tha ball air a ghleidheadh bho sgeama peinnein suas gu àm sònraichte, agus sin air a mheasadh le clèireach-urrais. Is iad na sochairean a thèid a mheasadh sochairean tàrmaichte a' bhuilt agus peinnean sam bith aig cèile ceangailte a tha ri phàigheadh bhon sgeama. Is e a tha ann an CETV suim a thèid a phàigheadh le sgeama no rèiteachadh peinnein gus sochairean peinnein a ghleidheadh ann an sgeama no rèiteachadh peinnein eile nuair a dh'fhàgas ball sgeama agus iad a' roghnachadh na sochairean a ghlèidh iad sa chiad sgeama a ghluasad. Tha na figearan peinnein a tha gan sealltainn a' buntainn ri sochairean a tha an neach fa leth air a ghleidheadh mar thoradh air a' bharrachd iomlan a th' aca san sgeama pheinnein, chan e dìreach an t-seirbheis a nì iad mar phàirt den sgioba-stiùiridh a dh'fheumar fhoillseachadh.

Am measg nam figearan, tha luach sochair peinnein sam bith ann an sgeama (no rèiteachadh) eile a chuir am ball a-null gu ullachaidhean peinnein na Seirbheise Catharra. Nam measg cuideachd tha sochair peinnein sam bith a bharrachd a fhuair am ball seach gun do cheannaich e sochairean peinnein a bharrachd air a chosgais fhèin. Tha CETVs gan obrachadh a-mach a rèir Riaghailtean Sgeamaichean Peinnein Obrach (Luachan Cur A-null) (Atharrachadh) 2008 agus chan eil iad a' toirt feart air lùghdachadh sam bith a th' ann aig an àm seo no a dh'fhaodadh a bhith ann san ùine air thoiseach air sochairean mar thoradh air Cìs Cuibhreann Beatha a dh'fhaodadh a bhith ri pàigheadh nuair a thèid na sochairean peinnein a ghabhail.

Dearbh mheudachadh sa CETV

Tha seo a' sealltainn meudachadh ann an CETV a tha gu ìre mhòr air a mhaoineachadh leis an neach-fastaidh. Chan eil e a' gabhail a-staigh àrdachadh sa pheinnean ri linn atmhòrachd, suimeannan a chuir an neach-obrach ris (a' gabhail a-staigh luach shochair sam bith a chaidh a ghluasad bho sgeama peinnein no rèiteachadh eile) agus bidh e a' cleachdadh buaidhean coitcheann a' mhargaidh air luachadh airson toiseach agus deireadh na h-ùine.

Aithisg air Luchd-obrach

Cosgaisean is Àireamhan Luchd-obrach

	Luchd-obrach maireannach	Buill a' Bhùird	Eile	Iomlan 2021-22	Iomlan 2020-21
	£000	£000	£000	£000	£000
Tuarastalan	612	55	6	673	647
Cosgaisean shochairan sòisealta	66	2	-	68	67
Cosgaisean peinnsein eile	170	-	-	170	167
Fo-fhastadh thugainn agus luchd-obrach bhuidhnean-cosnaidh	-	-	-	-	52
Iomlan	848	57	6	911	933

Àireamh de Luchd-obrach gu cuibheasach

Àireamh chuibheasach de dhaoine ionann is làn-ùine (FTE) air am fastadh rè na bliadhna

	Àireamh 2021-22	Àireamh 2020-21
Àrd-sgioba Stiùiridh	3.59	4.2
Taic Phroifeiseanta, Stiùireadh agus Rianachd	10.77	11.02
Iomlan	14.36	15.22

Tha àrd-stiùireadh a' ciallachadh buill na Sgioba Stiùiridh.

Mar a bha e air 31 Màrt 2022, bha 88% cheud den luchd-obrach air cunnraidhean maireannach, a' gabhail a-steach 15 luchd-obrach maireannach agus dithis air cùmhnant rè-ùine.

Cha robh iocadh comhairleachaidh aig a' Choimisean agus cha robh rianan far an rola-pàighidh ann rè 2021-22 (2021-21: neoni).

Nòta air Gnè

	Fireannaich 31 Màrt 2022	Boireannaich 31 Màrt 2022	Fireannaich 31 Màrt 2021	Boireannaich 31 Màrt 2021
Coimiseanairean	4	2	4	2
Àrd-oifigear	1	-	1	-
Luchd-obrach	4	12	2	13

Tha an àireamh de luchd-obrach a' gabhail a-steach luchd-obrach pàirt-ùine.

Tha na figearan shuas a' sealltainn nan àireamhan iomlan de luchd-obrach mar a bha iad air 31 Màrt 2022, chan ann air stèidh co-ionann is làn-ùine.

Luchd-obrach Dheth Tinn

Bha neo-làthaireachd tinneis sa bhliadhna gu 31 Màrt 2022 de 124.5 latha (2021: 36 làithean), b' e seo 3.4% de na làithean uile a bha rim faighinn (2021: 0.9%). Tha sin coltach ri gach neach-obrach a bhith dheth tinn 6.23 làithean gu cuibheasach thar na bliadhna (2021: 2.12 latha).

Pasganan Fàgail

Cha robh pasganan fàgail ann rè 2021-22(2020-21: neoni).

Atharrachadh Luchd-obrach

Ann an 2021-22 dh'fhàg trìuir luchd-obrach maireannach aig Coimisean Fearainn na h-Alba: seo figear atharrachadh luchd-obrach de 17.64% (2020-21: 6.25%).

Poileasaidhean air Co-ionannachd Chothroman, Ciorram agus Iomadachd

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' gabhail ri poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba air co-ionannachd chothroman agus iomadachd. Tha am poileasaidh air co-ionannachd chothroman ag ràdh gum bu chòir gum faigheadh an luchd-obrach an aon làimhseachadh, chan eil e gu diofar dè a' ghnè, an inbhe a thaobh pòsaidh, an aois, an cinneadh, an taobhadh feise, an ciorram, an creideamh no feallsanachd, am pàtran obrach, inbhe a thaobh fastaidh, aithne gnè (tar-ghnèitheach), inbhe màthaireil no athaireil, cùram no ballrachd aonaidh-chiùird a bhiodh aca. Feuchaidh an Coimisean ri leth-bhreith mì-laghail a sheachnadh anns gach taobh de chosnadh a' gabhail a-steach fastadh, adhartachadh, cothroman ionnsachaidh is leasachaidh, pàigheadh is sochairean, smachd agus taghadh airson call dreuchd. Ann an co-rèir ri poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, feumaidh Coimisean Fearainn na h-Alba cur ri iomadachd an luchd-obrach anns a' bhuidhinn. Chan urrainn dhan Choimisean leth-bhreith a dhèanamh gu dìreach ann a bhith a' taghadh luchd-obrach airson fastadh no adhartachadh, ach faodaidh an Coimisean dòighean laghail iomchaidh a chleachdadh, a' gabhail a-steach gnìomhan deimhinneach laghail gus dèiligeadh ri fo-riochdachadh de bhuidheann sam bith a tha an Coimisean a' comharrachadh aig nach eil riochdachadh gu leòr ann an seòrsaichean sònraichte de dh'obraichean. Tha fastadh agus leasachadh dhaoine air a bheil ciorram a' tighinn fon phoileasaidh co-ionannachd chothroman agus iomadachd againn, agus mar phàirt den sgeama Misneachd Ciorraim anns a bheil a' bhuidheann a' gabhail pàirt thèid tagraidhean cosnaidh a gheibhear bho thagraiche sam bith a tha a' nochdadh gu bheil ciorram orra a chur air a' gheàrr-liosta ma sheallas iad gu bheil iad a rèir nan slatan-tomhais riatanach uile airson a bhith air a' gheàrr-liosta airson na dreuchd. Nì Coimisean Fearainn na h-Alba atharrachaidhean reusanta do na cleachdaidhean obrach àbhaisteach aige gus cnap-starra sam bith bho chiorram a sheachnadh. Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' gealltainn an luchd-obrach air fad a leasachadh agus a' cur luach gu deimhinneach air farsaingeachd sheallaidhean is eòlais a bheil a h-uile neach dhan obair againn, agus tha e air plana ionnsachaidh is leasachaidh coileanta a chur an sàs.

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' tabhann obrachadh sùbailte le bhith a' tabhann obair san dachaigh is san oifis dhan luchd-obrach aca. Tha rùn aig Coimisean Fearainn na h-Alba na dleastanasan aige a lìbhrigeadh ann an dòigh a bhrosnaicheas co-ionannachd chothroman, aig a bheil e mar amas cur às do leth-bhreith agus do ghiùlan eile air an do chuir reachdas co-ionannachd toirmeasg.

Aithisg Cunntachalachd Phàrlamaideach

Call is Suimeannan Sònraichte

Cha robh call no pàighidhean sònraichte ann rè na bliadhna 2021-22 (2020-21: neoni).

Tìodhlacan agus Tabhartasan air Adhbharan Carthannais

Cha robh tìodhlacan no tabhartasan air adhbharan carthannais rè na bliadhna 2021-22 (2020-21: neoni).

Fèicheanasan neo-chosmhail a dh'fhaodadh èirigh

Tha dleastanas air Coimisean Fearainn na h-Alba aithris air fèicheanasan a dh'fhaodadh èirigh far a bheil an coltas, gum bithear a' tar-chur sochair eaconamach mar rèiteachadh, ro neo-chosmhail a bhith a' coileanadh a' mhìneachaidh air fèicheanasan a dh'fhaodadh èirigh fo IAS37. Chan eil gin a dh'fhèicheanasan neo-chosmhail a dh'fhaodadh èirigh an-dràsta.

Teachd a-steach bho chìsean

Cha d' fhuair Coimisean Fearainn na h-Alba teachd a-steach sam bith bho chìsean anns a' bhliadhna 2021-22 (2020-21: neoni).

Hamish Trench



Ceannard agus Oifigear Cunntachail

1 Samhain 2022

Aithisg an Luchd-sgrùdaidh Neo-eisimeilich

Aithisg an neach-sgrùdaidh neo-eisimeilich do bhuill Coimisean Fearainn na h-Alba, Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba agus Pàrlamaid na h-Alba.

Aithisg air an sgrùdadh a rinneadh air na h-aithrisean ionmhasail

Beachd air na h-aithrisean ionmhasail

Tha mi air sgrùdadh a dhèanamh air na h-aithrisean ionmhasail ann an aithisg bhliadhnail agus cunntasan Coimisean Fearainn na h-Alba airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2022 fo Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016. Sna h-aithrisean ionmhasail tha Aithris air Caiteachas Lom lomlan, Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail, Aithris air Sruthan Airgid, Aithris air Atharraichean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean agus nòtaichean airson nan aithrisean ionmhasail, a' gabhail a-steach nam prìomh phoileasaidhean cunntasachd. Tha am frèam airson aithrisean ionmhasail a chaidh a chur an sàs ann a bhith ag ullachadh nan aithrisean seo freagarrach a thaobh lagh iomchaidh agus inbhean cunntasachd eadar-nàiseanta mar a chaidh gabhail riutha san RA mar a chaidh mìneachadh agus gabhail ris ann an Leabhran an Riaghaltais airson Aithisgean Ionmhasail (FReM 2021/22).

Nam bheachd-sa, tha na h-aithrisean ionmhasail an cois seo:

- a' toirt sealladh fìor is cothromach de ghnòthaichean na buidhne mar a bha iad air 31 Màrt 2022 agus de chaiteachas obrachaidh lom na buidhne airson na bliadhna a chrìochnaich an uair sin, agus sin a rèir Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016 agus stiùiridhean bho Mhinistearan na h-Alba fon sin;
- air an ullachadh gu ceart a rèir inbhean cunntasachd eadar-nàiseanta mar a chaidh gabhail riutha san RA, agus mar a chaidh a chur an cèill agus atharrachadh ann an FReM 2021/22; agus
- air an ullachadh a rèir riatanasan Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016 agus stiùiridhean co-cheangailte ri sin bho Mhinistearan na h-Alba.

Bun-stèidh ar Beachd

Tha mi air sgrùdadh a dhèanamh a rèir an lagha bhuntainnich agus a rèir Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta a gheibhear san Rìoghachd Aonaichte (ISAs (UK), mar a tha riatanach a thaobh [a' Chòd Cleachdaidh Sgrùdaidh](#) a tha air aontachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba. Tha tuilleadh mìneachaidh air mo dhleastanasan fo na h-inbhean sin san earrainn den aithisg agam Dleastanasan an Neach-sgrùdaidh ann a bhith Sgrùdadh nan Aithrisean Ionmhasail. Chaidh mo chur an dreuchd leis an Àrd-neach-sgrùdaidh air 26 Faoilleach 2018. 'S e còig bliadhna an ùine gun bheàrn a tha an dreuchd air mairsinn. Tha mi neo-eisimeileach gun cheangal ris a' bhuidhinn seo a rèir nan riatanasan beusail a bhuineas ris na sgrùdaidhean a nì mi air aithrisean ionmhasail san RA, a' gabhail a-steach nan Inbhean Beusail do Luchd-sgrùdaidh aig Comhairle airson Aithriseadh Ionmhasail, agus tha mi air mo dhleastanasan beusail a choileanadh a rèir nan riatanasan sin. Cha deach seirbheisean nach buin dhan sgrùdadh, a tha toirmisgte fon Inbhe Bheusail, a thoirt seachad dhan bhuidhinn. Tha mi den bheachd gu bheil an fhianais a fhuair mi gu leòr agus freagarrach gus taic a thoirt dhan bheachd a ghabh mi.

Co-dhùnaidhean co-cheangailte ri modhan cunntasachd far a bheilear a' gabhail ris gun cùm a' bhuidheann a' dol

Tha mi air co-dhùnadh gu bheil e iomchaidh na h-aithrisean ionmhasail seo ullachadh leis an tuigse gun cùm a' bhuidheann a' dol.

Stèidhichte air an obair a rinn mi, chan eil mi air mì-chinnteach susbainteach a chomharrachadh a thaobh tachartasan no suidheachaidhean a dh'fhaodadh, leotha fhèin no còmhla, teagamhan mòra adhbharachadh mun chomas aig a' bhuidhinn gus cumail orra a' cleachdadh mhodhan cunntasachd, a tha a' gabhail ris gun cùm a' bhuidheann a' dol, airson co-dhiù dusan mìos bhon cheann-latha air an deach aontachadh na h-aithrisean ionmhasail fhoillseachadh.

Chan eil na co-dhùnaidhean seo ag amas air, agus chan eil iad, a' toirt seachad dearbhadh mu sheasmhachd ionmhasail na buidhne an-dràsta no san àm ri teachd. Ach, bidh mi ag aithris air rèiteachaidhean na buidhne airson seasmhachd ionmhasail ann an Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail fa leth a tha ri fhaotainn air [làrach-lìn Sgrùdadh Alba](#).

Cunnartan a thaobh mhì-aithrisean susbainteach

Nì mi aithris anns an Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail fa leth air na cunnartan as motha a chomharraich mi a thaobh mhì-aithrisean susbainteach air an deach measadh a dhèanamh agus air na co-dhùnaidhean agam mun deidhinn.

Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail airson nan aithrisean ionmhasail

Mar a chaidh a mhìneachadh ann am barrachd doimhneachd san Aithris air Dleastanasan an Oifigeir Chunntachail, tha an t-Oifigeir Chunntachail a' gabhail uallach airson ullachadh nan aithrisean ionmhasail agus feumaidh e a bhith riaraichte gun toir iad sealladh fìor is cothromach air cùisean a rèir frèam nan aithrisean ionmhasail, agus tha uallach air cuideachd gus na modhan in-smachd a tha an t-Oifigeir Chunntachail a' meas iomchaidh a chur an sàs, a nì cinnteach gun tèid aithrisean ionmhasail ullachadh anns nach eil mì-aithris, a dh'èireas an dàrna cuid bho fhoill no mearachd.

Nuair a tha e ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail, tha uallach air an Oifigeir Chunntachail airson measadh a dhèanamh air comas na buidhne a chumail a' dol, agus airson rùn-phàirteachadh, mar a bhios e iomchaidh, cùisean co-cheangailte ri cleachdadh na dùil gun cum a' bhuidheann a' dol, mur a h-eil beachd ann crìoch a chur air obair na buidhne.

Dleastanasan an luchd-sgrùdaidh ann a bhith a' sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail

'S e a tha fa-near dhomh a choileanadh, gum bi dearbhadh reusanta agam nach eil mì-aithris shusbainteach sna h-aithrisean ionmhasail, a dh'èireas an dàrna cuid bho fhoill no mearachd, agus aithisg neach-sgrùdaidh fhoillseachadh san toir mi seachad mo bheachd air na h-aithrisean ionmhasail. 'S e a th' ann an dearbhadh reusanta, dearbhadh gu math cinnteach; chan eil sin na ghealltanais, ge-tà, ma tha mì-aithris shusbainteach ann, gun toir sgrùdadh a thèid a chumail a rèir nan Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA) an aire dha sin daonnan. Mì-aithrisean faodaidh mì-aithrisean èirigh bho fhoill no mearachdan agus tha iad air am meas susbainteach ma thathar an dùil gu reusanta gun toir iad, mar mhì-aithris fa leth no mar ghrunn dhiubh còmhla, buaidh air co-dhùnaidhean a nì luchd-cleachdaidh stèidhichte air na h-aithrisean ionmhasail seo.

Tha neo-riaghailteachdan, a' gabhail a-steach foill nan eisimpleirean de neo-ghèilleadh ri laghan is riaghailtean. Dealbhadh mi na dòighean-obrach agam a rèir nan dleastanasan a tha air am mìneachadh gu h-àrd gus mì-aithrisean susbainteach a lorg a thaobh neo-riaghailteachdan, a' gabhail a-steach foill. Tha dòighean-obrach a' gabhail a-steach:

- a' faighinn tuigse air an fhrèam-obrach laghail is riaghlaidh a tha an sàs agus mar a tha a' bhuidheann a' gèilleadh ris an fhrèam-obrach sin;
- a' comharrachadh dè na laghan agus riaghailtean a tha cudromach ann an co-theacsa na buidhne;
- a' measadh cho buailteach 's a tha mì-aithrisean susbainteach air a bhith anns na h-aithrisean ionmhais, a' gabhail a-steach mar a dh'fhaodadh foill tachairt; agus
- a' beachdachadh a bheil na sgilean agus na comasan iomchaidh aig an sgioba sgrùdaidh còmhla gus neo-ghèilleadh ri laghan agus riaghailtean a chomharrachadh no aithneachadh.

Tha an ìre is gu bheil mo mhodhan-obrach comasach air neo-riaghailteachdan a lorg, a' gabhail a-steach foill, fo bhuidh an duilgheadais gnèithich ann a bhith a' lorg neo-riaghailteachdan, èifeachdas modhan-smachd na buidhne, agus nàdar, àm agus ìre nam modhan sgrùdaidh a rinneadh.

Tha neo-riaghailteachdan a tha mar thoradh air foill nas duilghe a lorg na neo-riaghailteachdan a tha mar thoradh air mearachd oir faodaidh foill a bhith a' gabhail a-steach co-rùn, dearmad a dh'aona-ghnothach, mì-riochdachadh, no a bhith a' seachnadh in-smachd. Tha comas an sgrùdaidh gus foill is neo-riaghailteachdan eile a lorg an eisimeil factaran leithid sgil a' chiontaiche, tricead agus meud a' bhrath-fhoill, ìre a' chealg-chòrdaidh a bha na lùib, meud nan suimean air leth air an do rinneadh brath-foill, agus ìre nan daoine fa leth a bha an sàs ann.

Gheibhear tuilleadh mìneachaidh air dleastanasan an luchd-sgrùdaidh ann a bhith a' sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail air làrach-lìn Comhairle nan Aithisgean Ionmhasail aig www.frc.org.uk/auditorsresponsibilities. Tha an tuairisgeul seo mar phàirt den aithisg-sgrùdaidh agam.

Aithris air cho cunbhalach 's a bha am fiosrachadh air caiteachas is teachd-a-steach

Beachd air cunbhalachd

Nam bheachd-sa bha, anns gach dòigh shusbainteach, an caiteachas agus an teachd-a-steach uile a chithear sna h-aithrisean ionmhasail air an giùlain no air an cur an sàs a rèir chumhachan is stiùiridhean iomchaidh sam bith a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba.

Dleastanasan airson cunbhalachd

Tha dleastanas air an Oifigeir Chunntachail gus dèanamh cinnteach gu bheil cunbhalachd ga cur an sàs a thaobh caiteachas is teachd-a-steach na buidhne. A bharrachd air na dleastanasan agam a thaobh mì-aithrisean susbainteach anns na h-aithrisean ionmhais a thaobh neo-riaghailteachdan ann an earrann aithrisean ionmhasail na buidhne, tha e an urra rium beachd a ghabhail air cho cunbhalach 's a tha an caiteachas agus teachd-a-steach agus sin a rèir Achd an Ionmhais Phoblaich agus na Cunntachalachd (Alba) 2000.

Aithris air riatanasan eile

Beachd air cùisean eile a tha fo òrdugh Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air a' phàirt sgrùdaichte den Aithisg air Ìocadh is Luchd-obrach

Tha mi air sgrùdadh a dhèanamh air na pàirtean den Aithisg air Tuarastalan is Luchd-obrach a chomharraich sinn mar sgrùdaichte. Nam bheachd-sa, chaidh a' phàirt den Aithisg air Ìocadh is Luchd-obrach a bhios ga sgrùdadh ullachadh gu ceart a rèir Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016 agus stiùiridhean a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fon Achd.

Fiosrachadh eile

Tha an t-Oifigeir Cunntachail a' gabhail uallach airson an fhiosrachadh eile san aithisg bhliadhnail agus cunntasan. 'S e am fiosrachadh eile an Aithisg Coileanaidh agus an Aithisg Cunntachalachd ach a-mhàin a' phàirt sgrùdaichte den Aithisg air Tuarastal is Luchd-obrach.

Tha e mar dhleastanas orm am fiosrachadh eile a leughadh, agus, ann a bhith a' dèanamh sin, feumaidh sinn beachdachadh feuch a bheil nithean susbainteach san fhiosrachadh eile nach eil a' dol leis na h-aithrisean ionmhasail no nach eil ag aontachadh ris an eòlas a fhuaire mi san sgrùdadh no a bheil coltas ann gu bheil mì-aithris shusbainteach san fhiosrachadh. Ma bheir mi an aire do leithid a nithean neo-chunbhalach susbainteach no gu bheil coltas ann gu bheil mì-aithris shusbainteach ann, bidh agam ri dearbhadh co-dhiù a tha no nach eil mì-aithris shusbainteach sna h-aithrisean ionmhasail fhèin mar thoradh air seo. Ma thig mi chun a' cho-dhùnaidh, stèidhichte air an obair a rinn mi, gu bheil mì-aithris shusbainteach den fhiosrachadh eile seo, tha e mar fhiachaibh orm a bhith ag aithris na cùise sin. Chan eil dad agam ri aithris a thaobh seo.

Chan eil mo bheachd air na h-aithrisean ionmhais a' gabhail a-steach an fhiosrachaidh eile agus chan eil mi a' toirt seachad co-dhùnadh barantachaidh sam bith air sin ach air a-mhàin air an Aithisg Coileanaidh agus an Aithris Riaghlaidh chun na h-ìre is gu bheil e air a ràdh gu soilleir anns na beachdan a leanas a fo òrdugh Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba.

Beachdan fo òrdugh Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air an Aithisg Coileanaidh agus Aithris Riaghlaidh

Nam bheachd-sa, stèidhichte air an obair a rinn mi san sgrùdadh:

- tha am fiosrachadh a chaidh a thoirt seachad san Aithris air Riaghladh airson na bliadhna ionmhais dha bheilear a' deasachadh nan aithrisean ionmhasail ann an co-rèir ris na h-aithrisean ionmhasail agus chaidh an aithisg sin ullachadh a rèir Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016 agus stiùiridhean a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fon Achd; agus
- tha am fiosrachadh a chaidh a thoirt seachad san Aithris air Riaghladh airson na bliadhna ionmhais dha bheilear a' deasachadh nan aithrisean ionmhasail ann an co-rèir ris na h-aithrisean ionmhasail agus chaidh an aithisg sin ullachadh a rèir Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016 agus stiùiridhean a dh'fhoillsich Ministearan na h-Alba fon Achd.

Cùisean air am feum mi aithris a dhèanamh mura tachair iad

Tha dleastanas orm, le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba, aithris a dhèanamh dhuibh ma tha mi den bheachd:

- nach deach clàran cunntasachd iomchaidh a chumail; no
- nach eil na h-aithrisean ionmhasail agus a' phàirt den Aithisg air Ìocadh is Luchd-obrach a bhios ga sgrùdadh ag aontachadh leis na clàran cunntasachd; no
- nach d' fhuair mi am fiosrachadh is na mìneachaidhean uile a dh'fheumas mi airson an sgrùdaidh.

Chan eil dad agam ri aithris mu na cùisean seo.

Co-dhùnaidhean a thaobh ar dleastanasan airson sgrùdadh nas fharsainghe

A bharrachd air na h-uallaichean a tha orm airson na h-aithisg is cunntasan bliadhnail, tha na co-dhùnaidhean a rinn mi air na h-uallaichean a thaobh an raoin-obrach nas fharsainghe, mar a chaidh a shònrachadh ann an Còd air Cleachdadh Sgrùdaidh, air an cur an cèill anns an Aithisg Bhliadhnail air Sgrùdadh.

A' cleachdadh na h-aithisge agam

Tha an aithisg seo dìreach do na daoine dhan deach a sgrìobhadh a rèir Achd an Ionmhais Phoblaich agus na Cunntachalachd (Alba) 2000 agus chan ann airson adhbhar sam bith eile. Ann an co-rèir ri paragraf 120 den Chòd air Cleachdadh Sgrùdaidh, chan eil mi a' gabhail os làimh a bhith fo uallach bhall no oifigearan, nan dreuchdan fa leth, no fo uallach treas-phàrtaidhean.



Maggie Bruce CA
Àrd-mhanaidsear Sgrùdaidh
Sgrùdadh Alba
The Green House
Pàirc Ghnothachais Beechwood a Tuath
Inbhir Nis
IV2 3BL

1 Samhain 2022

Aithris air Caiteachas Lom Iomlan

Airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2022

		2022	2021
	Nòta	£000	£000
Cosgaisean Luchd-obrach	2	911	933
Caiteachas obrachaidh eile	3	614	567
Caiteachas Obrachaidh Iomlan		1,525	1,500
Caiteachas Obrachaidh Lom		1,525	1,500

Tha na nòtaichean air taobhan-duilleig 47 gu 56 mar phàirt de na cunntasan seo.

Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail

Mar a bha iad air 31 Màrt 2022

		2022	2021
	Nòta	£000	£000
So-mhaoinean neo-làithreach			
Seilbh, uidheam is acfhainn	4	-	2
Malairt is nithean eile a gheibhear	5	-	2
So-mhaoinean neo-làithreach iomlan		-	4
So-mhaoinean làithreach			
Malairt is nithean eile a gheibhear	5	27	18
Airgead is nithean co-ionann	6	46	103
So-mhaoinean neo-làithreach iomlan		73	121
Fèicheanasan làithreach			
Malairt is nithean eile a phàighear	7	(60)	(57)
Thoir fèicheanasan làithreach air falbh bho na so-mhaoinean làithreach		13	64
Thoir fèicheanasan làithreach air falbh bho sho-mhaoinean iomlan		13	68
Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean			
Cùl-stòr Coitcheann		13	68

Thug an t-Oifigear Cunntachail aonta seachad airson foillseachadh nan aithrisean ionmhasail seo air 01 Samhain 2022.

Tha na cunntasan seo a' dèiligeadh ri tachartasan a-mhàin gu ruige a' cheann-latha nuair a chaidh aonta a thoirt seachad airson foillseachadh.

Tha na nòtaichean air taobhan-duilleig 47 gu 56 mar phàirt de na cunntasan seo.

Hamish Trench



Ceannard agus Oifigear Cunntachail

1 Samhain 2022

Aithris air Sruthan Airgid

Airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2022

		2022	2021
	Nòta	£000	£000
Sruthan airgid bho ghnìomhan obrachaidh			
Caiteachas Obrachaidh Lom		(1,525)	(1,500)
Cìs airson ìsleachadh luach	4	2	2
		(1,523)	(1,498)
Gluasadan ann an calpa obrach			
Àrdachadh/(ìsleachadh) air malairt is nithean eile a phàighear	7	3	(45)
(Àrdachadh)/ìsleachadh air malairt is nithean eile a gheibhear	5	(7)	-
		(4)	(45)
Sruth-airgid iomlan bho ghnìomhachdan obrachaidh		(1,527)	(1,543)
Gnìomhachdan maoinachaidh			
Tabhartas gus Cuideachadh		1,470	1,526
Sruth-airgid lom bho ghnìomhachdan maoinachaidh		1,470	1,526
Gnìomhachdan airgid-tasgaidh			
Seilbh, uidheam is acfhainn air an ceannach	4	-	-
Sruth-airgid lom air a chleachdadh ann an gnìomhachdan airgid-tasgaidh		-	-
Meudachadh/(Lùghdachadh)lom ann an airgead is suimeannan co-ionann ri airgead		(57)	(17)
Airgead is suimeannan co-ionann aig toiseach na bliadhna	6	103	120
Airgead is suimeannan co-ionann aig deireadh na bliadhna	6	46	103

Tha na nòtaichean air taobhan-duilleig 47 gu 56 mar phàirt de na cunntasan seo.

Aithris air Atharraichean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean

Airson na bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2022

Cùl-stòr Coitcheann	£000
Cothromachadh air 01 Giblean 2020	42
Bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2021	
Tabhartas gus Cuideachadh	1,526
Caiteachas Uile-chùiseach Lom airson na bliadhna	(1,500)
Cothromachadh air 31 Màrt 2021	68
Bliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2022	
Tabhartas gus Cuideachadh	1,470
Caiteachas Uile-chùiseach Lom airson na bliadhna	(1,525)
Cothromachadh air 31 Màrt 2022	13

Tha na nòtaichean air taobhan-duilleig 47 gu 56 mar phàirt de na cunntasan seo.

Nòtaichean mu na h-Aithrisean Ionmhasail

1 Poileasaidhean Cunntasachd

Chaidh na h-aithrisean ionmhais ullachadh a rèir Leabhar-làimhe an Riaghaltais air Aithriseadh Ionmhasail 2021-22 (FReM), a dh'fhoillsicheadh le Roinn Ionmhais na Banrigh, agus a rèir an Stiùiridh air Cunntasan ([taobh-duilleig 57](#)) a dh'fhoillsicheadh le Ministearan na h-Alba.

Tha am FreM a' cur an cèill cruth nan cunntasan bliadhnail. Tha Tabhartas gus Cuideachadh ga thoirt a-steach sa Chùl-stòr Choitcheann anns an Aithris air Atharrachaidhean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean seach anns an Aithris air Caiteachas Uile-chùiseach Lom. Tha an caiteachas is an teachd-a-steach eile gu lèir anns an Aithris air Caiteachas Lom lomlan.

Tha na cleachdaidhean cunntasachd san Leabhar-làimhe (FreM) a' cur an gnìomh Inbhean Eadar-nàiseanta air Aithriseadh Ionmhasail (IFRS), mar a chaidh an atharrachadh no am mìneachadh do shuidheachadh na roinne poblach.

Far a bheil an Leabhar-làimhe (FreM) a' ceadachadh roghainn a thaobh poileasaidh cunntasachd, thathar a' taghadh a' phoileasaidh a b' fheàrr nar beachd mar am fear as freagarraiche do shuidheachadh sònraichte Coimisean Fearainn na h-Alba gus sealladh a thoirt a tha fìor is ceart.

Tha na poileasaidhean sònraichte a ghabh Coimisean Fearainn na h-Alba air am mìneachadh gu h-ìseal. Chaidh an cur an gnìomh gu cunbhalach ann a bhith a' dèiligeadh ri nithean a bhuineas, nar beachd, ris na cunntasan.

Chaidh na h-aithrisean ionmhasail san aithisg seo ullachadh leis an tuigse gun cùm a' bhuidheann a' dol. Tha an t-Oifigear Cunntachail air beachdachadh air a' bhuidseit agus air an riarachadh Tabhartas gus Cuideachadh co-cheangailte airson 2022-23 agus tha e den bheachd gu bheil stòrasan gu leòr aig Coimisean Fearainn na h-Alba gus leantainn air adhart leis an obair aige cho fad 's a chithear air adhart.

1.1 Am Modh Cunntasachd

Chaidh na cunntasan seo ullachadh a rèir modh na cosgais eachdraidheil.

1.2 So-mhaoinean Neo-shusbainteach

Thèid cosg air bathair-bog IT agus leasachaidhean bathair-bog aithneachadh ma tha cosgais aig an t-so-mhaoin de cho-dhiù £5,000. Chan eilear ag aithneachadh cosgaisean stiùireadh phròiseactan coitcheann airson bathair-bog. Tha so-mhaoinean uile air an clàradh aig cosgais agus thathar ag ath-sgrùdadh beatha fheumail mheasraichte is luach iarmadach measraichte nan so-mhaoinean gach bliadhna ann an co-rèir ris a' phoileasaidh air rianachd so-mhaoinean. Chan eil so-mhaoinean do-bheantainn sam bith aig Coimisean Fearainn na h-Alba a dh'fheumar aithneachadh taobh a-staigh na bliadhna ionmhasail seo.

1.3 Seilbh, Uidheam is Acfhainn

Thathar ag aithneachadh caiteachais air ath-uidheamachadh oifise, àirneis is goireasan oifise, uidheaman-oifise, agus uidheaman is bun-structar teicneòlas fiosrachaidh ma tha an so-mhaoin luach co-dhiù £5,000 le beatha cleachdaidh de cho-dhiù bliadhna. Chan eilear ag aithneachadh cosgaisean stiùireadh phròiseactan coitcheann airson teicneòlas fiosrachaidh. Thathar a' clàradh nan so-mhaoinean aig cosgais agus thathar ag ath-sgrùdadh beatha fheumail mheasraichte is luach iarmadach measraichte nan so-mhaoinean gach bliadhna ann an co-rèir ris a' phoileasaidh air rianachd so-mhaoinean.

1.4 Ìsleachadh luach

Thèid ìsleachadh-luach/luach-chrìonadh a dhèanamh air so-mhaoinean a tha air an aithneachadh mar chalpa air stèidh na cosgais eachdraidheil, mar ann an loidhne dhìreach, mar a leanas.

Seilbh, uidheam is acfhainn:

- Ath-sgeadachadh oifis – 10 bliadhna
- Àirneis – 10 bliadhna
- Uidheaman-oifise – 5 bliadhna.

Teicneòlas fiosrachaidh:

- Uidheaman teicneòlas fiosrachaidh – 3 bliadhna
- Bun-structar teicneòlas fiosrachaidh – 3 bliadhna.

So-mhaoinean Neo-shusbainteach:

- Ceadachasan Bathair-bog – 3 bliadhna
- Bathar-bog leasaichte agus làrach-lìn – 3 bliadhna.

Thathar a’ cur às na cunntasan ath-uidheamachadh is àirneis oifise thairis air beatha iarmadach na gabhalach (ceann-latha a’ chiad bhriseadh anns a’ ghabhail) ma tha sin fo 10 bliadhna. Thathar a’ cur às na cunntasan bathar-bog teicneòlas fiosrachaidh, a’ gabhail a-steach bathar-bog a chaidh a leasachadh, thairis air a’ bheatha ris a bheil dùil ma tha sin nas lugha na trì bliadhna. Thathar ag ath-sgrùdadh na beatha feumail measraichte agus nan luachan iarmadach gach bliadhna.

1.5 Cìs Luach-leasaichte

Tha VAT nach fhaighear air ais ga chur ris na cosgaisean buntainneach agus ga chur mar chis ris an Aithris air Caiteachas Uile-chùiseach Lom san ùine san do dh’èirich e.

1.6 Sochairean fhastaichean

Tha tuarastalan is pàighidhean ceangailte ri fastadh gan aithnicheadh anns a’ bhliadhna sam faighear an t-seirbheis bho luchd-obrach. Aithnichear na chosgais làithean-saora bliadhnail agus an airidheachd a gheibhear le bhith ag obair uairean sùbailte a thathar a’ cosnadh gun a bhith gan gabhail le luchd-obrach aig deireadh na bliadhna chun na h-ìre gu bheil cead aig luchd-obrach fòrladh a thoirt air adhart a-steach dhan bhliadhna an dèidh làimhe. Thathar ag aithneachadh fèicheanas agus cosgais gach cuid airson fòrladh a fhuairleadh ach nach deach a chleachdadh agus airson nam balansan fòrlaidh mar bha iad air 31 Màrt a tha acasan aig a bheil uairean sùbailte, ann an co-rèir ris a’ phoileasaidh air a chùlaibh. Tha na cosgaisean seo a’ nochdadh anns an Aithris air Ìacadh is Luchd-obrach.

1.7 Cosgaisean Peinnein

Buinidh na cosgaisean pheinneanan, a tha gan ainmeachadh ann an cunntasan Coimisean Fearainn na h-Alba, ris an ùine sam faigh an Coimisean buannachd bho sheirbheisean an neach-obrach. Tha seo a’ gabhail a-steach suimeannan a tha a’ tighinn fo na h-ullachaidhean ann am Prìomh Sgeama Peinnein na Seirbheis Catharra (PCSPS), sgeama shochairean socraichte, a tha gam pàigheadh le Riaghaltas na h-Alba dhan sgeama PCSPS a rèir nuair a tha suimeannan gan clàradh. Chan urrainn dhan Choimisean aithneachadh dè an roinn a bhiodh aige de na so-mhaoinean is fèicheanasan air cùl chùisean, agus mar sin tha am fèicheanas gus sochairean a phàigheadh anns an ùine ri teachd na chis air PCSPS, a bhios ag ullachadh a aithrisean-sgeama fhèin.

1.8 Nithean malairt a gheibhear

Tha a h-uile suim shusbainteach a bha ri pàigheadh aig 31 Màrt 2022 ga toirt a-steach anns an Aithris air Caiteachas Uile-chùiseach Lom; chan eil e gu diofar cuin a fhuairleadh na pàighidhean fhèin.

1.9 Nithean malairt rim pàigheadh

Tha a h-uile suim shusbainteach a bha ri pàigheadh aig 31 Màrt 2022 ga toirt a-steach anns an Aithris air Caiteachas Uile-chùiseach Lom; chan eil e gu diofar cuin a rinneadh na pàighidhean fhèin.

1.10 Airgead is Nithean Co-ionann

Anns an aithris air an t-suidheachadh ionmhasail, tha airgead agus suimeannan co-ionann ri airgead a' gabhail a-steach airgead a tha sa bhanca agus airgead ri làimh.

1.11 Tabhartas gus Cuideachadh

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba a' faighinn Tabhartas gus Cuideachadh gus an caiteachas lom aige a mhaoineachadh. Tha Tabhartas gus Cuideachadh ga chur mar chreideas ris a' Chùl-stòr Choitcheann san ùine san d'fhuair e. Tha cosgais lom Coimisean Fearainn na h-Alba ga chur mar chis air a' mhaoin seo.

1.12 Breithean Cudromach air Cunntasachd agus Prìomh Fhreumhan co-cheangailte ri Tuairmsean

Ann an cur an sàs poileasaidhean cunntasachd Coimisean Fearainn na h-Alba air a bheil iomradh ann an Nòta 1, feumaidh an t-Oifigear Cunntachail breithean, measaidhean agus ro-bheachdan a dhèanamh mun ìre de so-mhaoinean is fèicheanasan bho fhreumhan eile nach eil follaiseach sa bhad bho thùsan eile.

Air sgàth nàdar obair Coimisean Fearainn na h-Alba is iad na prìomh raointean far am feum an t-oifigear cunntachail breithneachaidhean, tuairmsean agus barailean a dhèanamh: riarachadh buidseit Tabhartas gus Cuideachadh san àm ri teachd agus obair a tha a' dol air adhart aig deireadh na bliadhna.

Tha na measaidhean agus na ro-bheachdan nan lùib stèidhichte air fiosrachadh eachdraidheil agus nithean eile a thathar a' meas buntainneach agus thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh orra gu cunbhalach. Tha atharrachaidhean air measaidhean cunntasachd gan aithneachadh anns an ùine nuair a nithear ath-bhreithneachadh air a' mheasadh, ma bhios an t-atharrachadh a' bualadh air an ùine sin a-mhàin, no ann an àm an ath-bhreithneachaidh agus san ùine air thoiseach ma bhios an t-ath-bhreithneachadh a' bualadh air an ùine an-dràsta agus air thoiseach le chèile.

A thaobh bliadhna ionmhais 2021-22, cha deach breithean cudromach no tuairmsean susbainteach a dhèanamh.

1.13 Lìosan

Far a bheil a' chuid as motha de na cunnartan is duaisean co-cheangailte ri sealbhadaireachd a' fantainn ris an neach-gabhail-màil, tha gabhalaichean air an comharrachadh mar ghabhalaichean obrachaidh. Thathar ag aithneachadh phàighidhean airson ghabhalaichean obrachaidh anns an aithris air caiteachas uile-chùiseach lom air stèidh loidhne dhìreach thairis air ùine na gabhalach. Tha an ceann-latha gnìomhachaidh de IFRS 16 gabhalaichean a-nis air a chur dheth gu 1 Giblean 2022.

1.14 A' Gabhail Inbhean Ùra is Ùraichte os Làimh

Air a' cheann-latha a fhuair na h-aithrisean ionmhais seo aonta, bha na cùisean a leanas ann, a tha co-cheangailte ri Inbhean Cunntaidh ach nach robh ann an èifeachd, airson Coimisean Fearainn na h-Alba:

- IFRS 16 Gabhalaichean – ann an èifeachd airson amannan cunntasachd air no an dèidh 1 Giblean 2022. Tha an inbhe seo a' mìneachadh mar a bhios fiosrachadh air gabhalaichean air aithneachadh, air a mheasadh agus air a rùn-phàirteachadh. Gheibhear mion-fiosrachadh air mar a bhios seo ga chur an sàs agus ga fhoillseachadh ann am FreM, agus nithear measadh iomlan aig an àm sin. Thathar an dùil gun cuir an inbhe seo nas lugha na £1k ri caiteachas iomlan, agus gun tèid stòrasan còir-air-cleachdadh iomlan de £23k a thoirt a-steach dhan Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail, le fiachanas gabhalach co-cheangailte de £23k. Tha cur an gnìomh na h-inbhe seo cuideachd a' ciallachadh gum bi eileamaid de chalpa air a sònrachadh ann an riarachadh buidseit an Tabhartais gus Cuideachadh aig a' Choimisean airson a' chiad uair.

2 Cosgaisean Luchd-obrach

	Luchd-obrach maireannach	Buill a' Bhùird	Eile	Iomlan 2021-22	Iomlan 2020-21
	£000	£000	£000	£000	£000
Tuarastalan	612	55	6	673	647
Cosgaisean shochairan sòisealta	66	2	-	68	67
Cosgaisean peinnsein eile	170	-	-	170	167
Fo-fhastadh thugainn agus luchd- obrach bhuidhnean-cosnaidh	-	-	-	-	52
Iomlan	848	57	6	911	933

3 Caiteachas Obrachaidh Lom

	2022	2021
	£000	£000
Cosgaisean àite-còmhnaidh	34	35
Rannsachadh is Poileasaidh	180	223
Sìostaman fiosrachaidh is tele-chonaltradh	32	18
Trèanadh	34	31
Coinneamhan poblach is cosgaisean cho-labhairtean	10	-
Siubhal is cosgaisean bith-beò – Coimiseanairean	5	-
Siubhal is cosgaisean bith-beò – luchd-obrach	6	-
Gnìomhachd conaltraidh	149	91
Goireasan daonna – seirbheisean co-roinnte	14	14
Seirbheisean IT	52	51
Cosgaisean laghail is proifeiseanta	45	53
Pàigheadh Luchd-sgrùdaidh taobh a-muigh	26	26
Pàigheadh Luchd-sgrùdaidh taobh a-staigh	17	18
Cosgaisean ruith eile	8	5
Ìsleachadh luach	2	2
Iomlan airson caiteachas obrachaidh eile	614	567

4 Seilbh, Uidheam is Acfhainn

Teicneòlas Fiosrachaidh 2020-21

Cosgais	£000
Air 1 Giblean 2020	7
Na chaidh a chur ris	-
Air 31 Màrt 2021	7
Ìsleachadh luach agus damaiste	
Air 1 Giblean 2020	3
Ìsleachadh luach air a chur ris rè na bliadhna	2
Air 31 Màrt 2021	5
Luach giùlain	
Air 31 Màrt 2021	2
Air 31 Màrt 2020	4

Teicneòlas Fiosrachaidh 2021-22

Cosgais	£000
Air 1 Giblean 2021	7
Na chaidh a chur ris	-
Cuidhtean	(7)
Air 31 Màrt 2022	0
Ìsleachadh luach agus damaiste	
Air 1 Giblean 2021	5
Ìsleachadh luach air a chur ris rè na bliadhna	2
Cuidhteachadh le luach làn-ìslichte	(7)
Air 31 Màrt 2022	0
Luach giùlain	
Air 1 Giblean 2021	2
Air 31 Màrt 2022	-

5 Malairt is nithean eile a gheibhear

	2022	2021
	£000	£000
Suimeannan rim pàigheadh taobh a-staigh bliadhna		
Nithean eile a gheibhear ann am malairt	-	-
Ro-phàighidhean agus teachd-a-steach tàrmaichte	27	18
Suimeannan a tha Còir againn Fhaighinn taobh a-staigh Bliadhna	£000	£000
Ro-phàighidhean agus teachd-a-steach tàrmaichte	-	2
Iomlan	27	20

6 Airgead is Nithean Co-ionann

	£000
Cothromachadh air 01 Giblean 2021	103
An t-atharrachadh lom ann an suimeannan airgid is suimeannan co-ionann ri airgead	(57)
Cothromachadh air 31 Màrt 2022	46
B' iad na suimeannan a leanas a bh' againn air 31 Màrt le seirbheis banca an riaghaltais agus mar airgead ri làimh	46
Cothromachadh air 31 Màrt 2022	46

7 Malairt is nithean eile a phàighear

	2022	2021
	£000	£000
Nithean malairt rim pàigheadh	-	-
Nithean Cruinnichte	60	57
Iomlan	60	57

8 Geallaidhean fo chùmhnanntan eile nach gabh a chur às

Chithear anns a’ chlàr shìos suim nam pàighidhean a nithear, mar ìos-mheud, san àm ri teachd fo chùmhnanntan a ghabhadh os làimh ro 31 Màrt 2022 airson gach fear de na h-ùineachan a leanas. Tha fèicheanasan fo na cùmhnanntan seo bho 31 Màrt 2022 a’ gabhail a-steach

	2022	2021
Pròiseactan	£000	£000
Gun a bhith nas fhaide na aon bhliadhna	93	132
Nas fhaide na aon bhliadhna agus gun a bhith nas fhaide na còig bliadhna	111	23
Nas fhaide na còig bliadhna	10	-

Tha na cosgaisean ainmichte a tha air am mìneachadh sa chlàr gu h-àrd a’ gabhail a-steach suimean co-cheangailte ri gealltanais susbainteach a chaidh a dhèanamh às dèidh 31 Màrt 2022, a thathas a’ foillseachadh a rèir riathanasan IAS10. Gheibhear barrachd fhiosrachadh mun ghealltanais seo ann an Nòta 12.

9 Tar-ghnìomhan le Pàrtaidhean Ceangailte

Tha Coimisean Fearainn na h-Alba na Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPB) le taic bho Riaghaltas na h-Alba agus tha e a’ meas gu bheil na buidhnean a leanas nam pàrtaidhean ceangailte:

’S e Buidheann-stiùiridh Sponsaireachd Coimisean Fearainn na h-Alba Buidheann-stiùiridh Poileasaidh Cleachdadh Fearainn is Poileasaidh Dùthchail Riaghaltas na h-Alba (a’ Bhuidheann-stiùiridh Sponsaireachd) agus bha tar-ghnìomhan nach bu bheag aig Coimisean Fearainn na h-Alba leis a’ Bhuidhinn-stiùiridh Sponsaireachd tron bhliadhna ionmhais. Bha tar-ghnìomhan ionmhais leis a’ Bhuidheann-stiùiridh air a dhèanamh suas de Thabhartas gus Cuideachadh, mar a thathar a’ nochdadh anns an Aithris air Atharrachaidhean ann an Earrainnean Luchd-pàighidh Chìsean. A bharrachd air sin, chaidh suim nach bu bheag a phàigheadh ri Riaghaltas na h-Alba airson àite-fuirich a sholarachadh.

Tha Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a’ Mhonaidh Ruaidh cuideachd na Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPB) air a sponsaireadh le Riaghaltas na h-Alba. Chaidh seirbheisean airson goireasan daonna agus rola-pàighidh a sholarachadh leis an Ùghdarras dhan Choimisean rè na bliadhna. Rè na bliadhna, cha do rinneadh tar-ghnìomhan le pàrtaidhean ceangailte le buill a’ Choimisein no le prìomh luchd-obrach stiùiridh.

10 Ionnsramaidean Ionmhasail

Ri linn an t-seòrsa obrach neo-mhalairteach a tha aig Coimisean Fearainn na h-Alba agus an dòigh sa bheilear a’ maoineachadh roinnean an Riaghaltais, chan eil an aon ìre de chunnart ionmhasail ann do Choimisean Fearainn na h-Alba ’s a bhiodh do bhuidhnean gnothachais. Chan eil iasadan aig Coimisean Fearainn na h-Alba, agus tha e an urra ri tabhartasan bho Riaghaltas na h-Alba airson nan riathanasan airgid aige. Mar sin, chan eil cunnart mòr ann gum bi gainnead airgid aig Coimisean Fearainn na h-Alba. Chan eil eàrlais shusbainteach aige, agus tha na so-mhaoinean is fèicheanasan uile aige air an cumail ann an sterling agus, mar sin, chan eil ìre an rèidh no ìre an ruith-airgid nan cunnart dha.

Thathar ag aithneachadh so-mhaoinean ionmhasail air an Aithris air Suidheachadh Ionmhasail nuair a thig Coimisean Fearainn na h-Alba gu bhith na phàrtaidh do chumhachan cunnradail na h-ionnsramaid ionmhasail no, airson nithean a gheibhear ann am malairt, nuair a tha na nithean no seirbheisean air an libhrigeadh. Tha so-mhaoinean ionmhasail air an dì-aithneachadh nuair a tha na còraichean cunnradail gan cur às no nuair a chaidh an so-mhaoin a thar-chur. Chan eil so-mhaoinean eile seach airgead agus nithean a gheibhear ann am malairt aig Coimisean Fearainn na h-Alba. Cha robh nithean malairt a gheibhear sam bith ann am-bliadhna ach ro-phàighidhean Chan eil ro-phàigheadh a rèir mineachadh ionnstramaid reachdail. Mar sin, chan eil anns an ionnstramaid reachdail ach airgead is nithean co-ionann ri airgead, agus gheibhear fiosrachadh ann an Nòta 6. Chan eil riadh air nithean a gheibhear ann am malairt agus tha iad a’ nochdadh aig an luach ainmeach, an dèidh solar airson damaiste fhàgail às.

Thathar ag aithneachadh fhèicheanasan ionmhasail anns an Aithris air Suidheachadh Ionmhasail nuair a thig Coimisean Fearainn na h-Alba gu bhith na phàrtaidh do chumhachan cunnradail na h-ionnsramaid ionmhasail no, airson nithean ri phàigheadh ann am malairt, nuair a gheibhear na nithean no seirbheisean. Tha fèicheanasan ionmhasail air an dì-aithneachadh nuair a tha am fèicheanas air a choileanadh, is e sin, nuair a tha am fèicheanas air a phàigheadh no air a chur às. Chan eil fèicheanasan eile seach nithean ri phàigheadh ann am malairt aig Coimisean Fearainn na h-Alba. Chan eil riadh air nithean ri phàigheadh ann am malairt, agus tha iad a’ nochdadh aig an luach ainmeach.

11 Gealltanasan fo ghabhalaichean

Tha an t-iomlan as lugha a dh’fhaodadh a bhith ann airson pàighidhean gabhalach san àm ri teachd ri fhaicinn sa chlàr gu h-ìosal airson gach fear de na h-amannan obrachaidh. Tha fèicheanasan fo ghabhalaichean obrachaidh bho 31 Màrt 2022 air an dèanamh suas de

	2022	2021
Togalaichean	£000	£000
Gun a bhith nas fhaide na aon bhliadhna	36	37
Nas fhaide na aon bhliadhna agus gun a bhith nas fhaide na còig bliadhna	-	37
Nas fhaide na còig bliadhna	-	-

Tha gabhail aig Coimisean Fearainn na h-Alba air Taigh Longman gu ruige Màrt 2023.

12 Tachartasan an dèidh làimhe

Chan eil na h-aithrisean ionmhais is nòtaichean a’ dèiligeadh ri tachartasan a’ gabhail àite an dèidh a’ cheann-latha nuair a chaidh aonta a thoirt seachad airson foillseachadh. Far an robh tachartasan a’ gabhail àite ron latha seo a’ toirt fiosrachaidh mu dheidhinn chùisean mar a bha iad air 31 Màrt 2022, chaidh na figearan anns na h-aithrisean ionmhais agus nòtaichean atharrachadh anns gach seagh bunaitich gus buaidh an fhiosrachaidh seo a shealltainn. Anns an Dàmhair 2022 dh’aontaich Coimisean Fearainn na h-Alba cùmhnant 5 bliadhna le Iomairt na Gàidhealtachd ’s nan Eilean agus 10 deasgaichean a chleachdadh san oifis aca san Lochran ann an Inbhir Nis, agus tha cosgais an aonta seo ri fhaicinn ann an earrann nan cosgaisean ainmichte ann an nòta 8.

13 Fios mu roinnean

Fo IFRS 8, feumar roinnean obrachaidh a bhith air an comharrachadh a rèir aithisgean air an taobh a-staigh a bhios air an ath-sgrùdadh gu cunbhalach leis a’ phrìomh neach-co-dhùnaidh obrachaidh gus goireasan a riarachadh dhan roinn agus gus a choileanadh a mheasadh.

Bidh Coimisean Fearainn na h-Alba ag aithris fiosrachadh roinneil stèidhichte air na raointean prìomhachais agus builean a tha air am mìneachadh sa Phlana Ro-innleachdail agus air aontachadh leis an sgioba-stiùiridh agus leis a’ Bhòrd. Tha poileasaidhean cunntasachd nam builean air am feumar aithris co-ionann ris na poileasaidhean cunntasachd a tha air am mìneachadh ann an nòta 1 ([taobh-duilleag 47](#)).

Ann an 2021-22 libhrig Coimisean an Fhearainn na h-Alba am prògram obrach tro na raointean prìomhachais a leanas mar a tha air am mìneachadh ann an earrann Aithisg Coileanaidh ([taobh-duilleag 15](#)) den aithisg bhliadhnail.

Tha an clàr a’ taisbeanadh fiosrachadh riaghlaidh mu theachd a-steach agus caiteachas co-cheangailte ris na roinnean obrachaidh airson na bliadhna a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2022.

Chan eilear ag aithris air so-mhaoin is fèicheanasan eile air stèidh roinneil seach nach eil iad nam pàirt den ath-sgrùdadh cunbhalach leis an luchd-stiùiridh gus co-dhùnaidhean a dhèanamh mu ghoireasan a thèid a riarachadh dhan roinn no gus a choileanadh a mheasadh.

Caitheamh sa bhliadhna a chrìochnaich air 31 Màrt 2022

	Prìomh Chosgaisean Obrachaidh	Prìomhachas				Iomlan
		1	2	3	4	
Cosgaisean nan Coimiseanairean	57	-	-	-	-	57
Cosgaisean Luchd-obrach	398	81	174	147	54	854
Seirbheisean Corporra	217	-	-	-	-	217
Conaltradh is tachartasan	144	-	-	-	-	144
Cosgaisean eile	53	38	52	108	2	253
Iomlan	869	119	226	255	56	1,525

Prìomhachas 1 – Ath-leasachadh còraichean fearainn

Prìomhachas 2 – Sealbh Fearainn Ciallach

Prìomhachas 3 – Ag ath-leasachadh margaidhean fearainn

Prìomhachas 4 – Coimiseanair Tuathanachas Màil



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

STIÙIREADH GU COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA BHO MHINISTEARAN NA H-ALBA

1. Tha Ministearan na h-Alba, ann an co-rèir ri Earrann 19 de dh'Achd Ath-leasachaidh an Fhearainn (Alba) 2016, a' toirt seachad le seo an stiùireadh a leanas.
2. Cumaidh an aithris air na cunntasan airson na bliadhna ionmhais a chrìochnaich air 31 Màrt 2018, agus gach bliadhna às dèidh sin, ri prionnsapalan cunntasachd agus riatanasan foillseachaidh a gheibhear ann an Leabhran an Riaghaltais airson Aithrisean Ionmhasail (FReM) a tha an gnìomh sa bhliadhna dhan deach an aithris air na cunntasan ullachadh.
3. Thèid na cunntasan ullachadh gus sealladh fìor agus cothromach a thoirt seachad biodh na cunntasan air an deisealachadh air chor 's gun toir iad sealladh fìor agus cothromach den teachd-a-steach is caiteachas is sruthan-airgid airson na bliadhna ionmhasail, agus de chor a' ghnòthaich mar a bha e aig ceann na bliadhna ionmhasail.
4. Thèid na cunntasan ullachadh gus sealladh fìor is cothromach a thoirt air teachd-a-steach, caiteachas agus sruthan airgid airson na bliadhna ionmhais, agus air an t-suidheachadh aig deireadh na bliadhna ionmhais.

Chaidh làmh a chur ri seo le ùghdarras Ministearan na h-Alba.

10 Cèitean 2018



SCOTTISH LAND COMMISSION
COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA

Cuir fios thugainn

Coimisean Fearainn na h-Alba
An Lòchran
10 Làrach Inbhir Nis
Inbhir Nis
IV2 5NA

@ info@landcommission.gov.scot

☎ 01463 423 300

🌐 www.landcommission.gov.scot

Lorg sinn air:

